





IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



6"



Photographic
Sciences
Corporation

23 WEST MAIN STREET
WEBSTER, N.Y. 14580
(716) 872-4503

0
10
20
30
40
50
60
70
80
90
100
110
120
130
140
150
160
170
180
190
200
210
220
230
240
250
260
270
280
290
300
310
320
330
340
350
360
370
380
390
400
410
420
430
440
450
460
470
480
490
500
510
520
530
540
550
560
570
580
590
600
610
620
630
640
650
660
670
680
690
700
710
720
730
740
750
760
770
780
790
800
810
820
830
840
850
860
870
880
890
900
910
920
930
940
950
960
970
980
990
1000

CIHM/ICMH
Microfiche
Series.

CIHM/ICMH
Collection de
microfiches.



Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques

© 1986

Technical and Bibliographic Notes/Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

- Coloured covers/
Couverture de couleur
- Covers damaged/
Couverture endommagée
- Covers restored and/or laminated/
Couverture restaurée et/ou pelliculée
- Cover title missing/
Le titre de couverture manque
- Coloured maps/
Cartes géographiques en couleur
- Coloured ink (i.e. other than blue or black)/
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)
- Coloured plates and/or illustrations/
Planches et/ou illustrations en couleur
- Bound with other material/
Relié avec d'autres documents
- Tight binding may cause shadows or distortion
along interior margin/
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la
distortion le long de la marge intérieure
- Blank leaves added during restoration may
appear within the text. Whenever possible, these
have been omitted from filming/
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées
lors d'une restauration apparaissent dans le texte,
mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont
pas été filmées.
- Additional comments:/
Commentaires supplémentaires:

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- Coloured pages/
Pages de couleur
- Pages damaged/
Pages endommagées
- Pages restored and/or laminated/
Pages restaurées et/ou pelliculées
- Pages discoloured, stained or foxed/
Pages décolorées, tachetées ou piquées
- Pages detached/
Pages détachées
- Showthrough/
Transparence
- Quality of print varies/
Qualité inégale de l'impression
- Includes supplementary material/
Comprend du matériel supplémentaire
- Only edition available/
Seule édition disponible
- Pages wholly or partially obscured by errata
slips, tissues, etc., have been refilmed to
ensure the best possible image/
Les pages totalement ou partiellement
obscures par un feuillet d'errata, une pelure,
etc., ont été filmées à nouveau de façon à
obtenir la meilleure image possible.

This item is filmed at the reduction ratio checked below/
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

10X	14X	18X	22X	26X	30X
			✓		
12X	16X	20X	24X	28X	32X

re
détails
es du
modifie
er une
filmage

The copy filmed here has been reproduced thanks
to the generosity of:

Législature du Québec
Québec

The images appearing here are the best quality
possible considering the condition and legibility
of the original copy and in keeping with the
filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed
beginning with the front cover and ending on
the last page with a printed or illustrated impression,
or the back cover when appropriate. All
other original copies are filmed beginning on the
first page with a printed or illustrated impression,
and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche
shall contain the symbol → (meaning "CONTINUED"), or the symbol ▽ (meaning "END"),
whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at
different reduction ratios. Those too large to be
entirely included in one exposure are filmed
beginning in the upper left hand corner, left to
right and top to bottom, as many frames as
required. The following diagrams illustrate the
method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la
générosité de:

Législature du Québec
Québec

Les images suivantes ont été reproduites avec la
plus grand soin, compte tenu de la condition et
de la netteté de l'exemplaire filmé, et en
conformité avec les conditions du contrat de
filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en
papier est imprimée sont filmés en commençant
par le premier plat et en terminant soit par la
dernière page qui comporte une empreinte
d'impression ou d'illustration, soit par le second
plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires
originaux sont filmés en commençant par la
première page qui comporte une empreinte
d'impression ou d'illustration et en terminant par
la dernière page qui comporte une telle
empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la
dernière image de chaque microfiche, selon le
cas: le symbole → signifie "A SUIVRE", le
symbole ▽ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être
filmés à des taux de réduction différents.
Lorsque le document est trop grand pour être
reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir
de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite,
et de haut en bas, en prenant le nombre
d'images nécessaire. Les diagrammes suivants
illustrent la méthode.

errata
to

pelure,
n à

CARAID A' GHAILDHEIL.

A Discourse on the Life of the Late

REVEREND

NORMAN MACLEOD, D.D.,

Of St. Columba Parish, Glasgow, Dean of the Chapel Royal, &c.,

DELIVERED IN ST. COLUMBA CHURCH,

Locheil, Glengary, Canada, on the 19th April, 1863,

BY THE REV.

JOHN DARROCH, A.M.

*Together with a Translation of an Extract from a Discourse
on occasion of Dr. Macleod's death, by*

THE REV. ALEXANDER MATHIESON, D.D.

Of St. Andrew's Church, Montreal.

G I A S G O W :

M. OGLE & CO., ROYAL EXCHANGE SQUARE,

AND

DAWSON & SONS, MONTREAL.

1363.

Price, One Shilling.



CARAID A' GHÀIDHEIL.

S E A R M O I N

AIR BEATHA AN OLLA URRAMAICH NACH MAIREANN,

TORMOID MAC-LEOID,

*A bha'nà Mhinisteir ann an Sgireachd Chaluim-Chille,
'an Glascho.*

LEIS AN URRAMACH

I A I N D À R A C H, A.M.,

Ministeir Eaglais Chaluim Chille, an Lochiall, Gleann-garadh,
Canada.

G L A S G O W :

M. OGLE & CO., ROYAL EXCHANGE SQUARE,

AND

DAWSON & SONS, MONTREAL.

1863.

T

T

GU

ANNA NIC-LEOID.

THA

AN CUIMHNEACHAN SO AIR BEATHA

'UR CEILE CAOMH NACH MAIREANN,

AN T-OLLA URRAMACH,

TORMOID MAC-LEOID,

AIR A CHUR A MACH FO 'UR TEARMUNN-SE,

LE ROGHA DURACHD

AN UGHDAIR.



S E A R M O I N.

"M'athair, m'athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh."—
2 Rign. ii. 12.

Cò is urrainn an eachdraidh dhrùighteach so a leughadh gun chàileigin do dh'fhuathas. Tha thu 'faicinn fa d' chomhair an so am fàidhe naomh le 'fheusaig liath, fhada, a réir cleachdadadh an àma sin, le 'chasan rùisgte, agus le fhalluing fhada 'ga chòmhdaich. An còmpanas ri aon deisciobul mar charaid tha e 'gabhall air aghaidh o bhaile gu baile gus a bheil e na sheasamh air bruach Jordain, a tha nis mar stairsnich roimhe, deich troidhean air doimhnead, agus a dheich uiread sin air leud. Tha e 'n sin a' gabhall fhalluing (samhladh a dhreuchd naomha) 's tha e 'ga filleadh còmhla 's a' bualadh nan uisgeachan; agus an sin tha iad air an roinn a null agus a nall, air chor 's gu'n d'fhuair an coische naomh slighe réidh thairis, gun bhonn a chois' a fhliuchadh. Uaithe so dh'imich e beagan air aghaidh, an còluadar r'a aon chompanach dileas; ach feuch sealladh iongantach—carbad teine agus eich theine! Ann am priobadh na sùl sgaradh e féin 's a charaid o chéile, agus mar thanasg na h-oidhche chaidh am fàidhe as an t-sealladh. Fhuair e àite-suidhe anns a' charbad ghìòrmhor sin, *dealrach* mar theine, ach cha b' ann *loisgeach* mar theine, agus a bha 'samhlachadh làthaireachd nam bith-ean glìòrmhor sin a tha 'n an "lasair theine," agus a chum frithealadh do dh' oighreachan na slàinte; agus an sin air sgiathaibh na cuairt-ghaoith tha e 'snàmh an àird le buaidh chaithream a dh' iounsuidh an treasa néamh. Tha 'n deisciobul aonaranach a nis a' geur amharc gu néamh, gus an d' fhuair e 'n sealladh mu dheireadh d'a mhaighstir caomb, 's an sin fo fhuathas, iongantas, 'us throm mhulad, dh'éigh e le guth tiamhaidh, a ràinig cluas agus eridhe an leth-cheud fear-freiceadan a bha air mullach cnoc, "M'athair, m'athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh!"

B'e 'n neach a fhuair a' choimhlideachd ghilòrmhor so gu nèamh, agus a fhuair slighe cho goirid agus cho buadhùmhòr do 'n ionad uaomha sin, gun triall "trìd ghlinn dorcha sgàil a' bhàis," mar gach mac peacail eile, saor o Enoch a mhàim—b'e 'n neach so Eliah, am faidhe. Anns an atharrachadh mhiorbhuileach a thachair do'n duine le Dia so, agus anns na briathran muladach sin a chuir a mhac spioradail, Elisa, 'na dhéigh, anns an àm chomharrachte sin, gheibhte ni no dhà air am feudta leudachadh le buannachd d'ar leas spioradail air an àm so. Gu sònruichte mar a tha atharrachadh glòrmhor agus buaidh-chaithreamach Eliah 'na shamhladh comharrachte air aiseiridh Chriosd ; agus mar a tha cumha brònach Elisa a' cumail a mach deadh bheus-an Eliah, mar neach a bha do Israel, le 'ghliocas neamh-aidh, le naomhachd a bheatha, agus le 'chronachadh neo-eisceamalach, 'n a thèarmurnn 's 'n a dhìdein mar na carbaid-chogaidh 's mar mharc-shluagh nan claidhean loinnreach chum sgrios sios naimhdean an Tighearna. Dh'fheudta mar an cendna bhi 'tarruing mar cho'dhunadh freagarrach anns a' chùis, an càram a tha aig an Tighearna d'a shluagh féin, agus mar a dh'fhaodas an "stòirm" (oir 'se 'm focal sin is dlùithe do'n Eabhra na *iom-ghaoth*) 'an àite aimlisg a chur orra, an iomain nì's dlùithe do nèamh. Achi ged a dh'fhaodadh an leithide so do smuaintean a bhi tarbhach, agus ged a dh'aidichear gu bheil iad ni's fhaisge do'n cheann-teagaisg n'an sgriob a tha romhainn an tràs, gidheadh 's e ar miann gabhail seachad orra aig an àm so, agus an àite sin seasamh le Elisa aig abhainn Iordanu a' bhàis, 'sa nis agus a rithist ar guth muladach a thogail air son an aobhair chendna a bh'aige-san, ag éigheach, "M'athair, m'athair, carbad Israeil agus a mharc-shluagh !"

Tha mi 'creidsinn, mo chàirdean, nach 'eil e duilich leibh a thuigsinn ciod e brigh mo sgeòil dhuibh an diugh ; agus cò e an t-athair spioradail sin air son am bheil sinn ri bròn, agus an carbad làidir, siubhlach sin a tha nìs 'na stad. Tha mi 'làn chreidsinn gu'n robh sùil agaibh r'a leithid so do sgeul. Thug gaillionn a' gheamhraidh so gu'r n-ionnsuidh á tir ar n-athraichean, sgeul sòluimte agus drùighteach is gann a theid air di-chuimhn 'n ar measg-ne fhad 's a bhios ar càinann aos-

mhor air mhaireann. A thaobh gu bheil an neach sin a tha 'n ar beachd cho urramach, agus an sgeul cho drùigheach, 's gann a ruigeas mi leas a ràdh gu bheil mi 'caillichadh an laoich thréin sin, am fear-dùthcha bàigheil, an sgoileir fìoghluimte, an diadhair naomha, am ministear dileas, an Criosdaidh iriosal, 'us Caraid a' Ghàidheil—an t-Olla urramach, Tormoid Mac Leoid ! B' esan an carbad làidir Israel leis am bu ghnàth ruith a mach do'n chòmhrag air ceann feachd an Tighearna, agus le neart a chumhachd 's le faobhar a chlaiddhimh a' sgapadh sios le tur mhillleadh naimhdean Ichobhah. Is ann air a shon-san is cuibhe do gach mac fàidhe an cumha a thogail, agus do gach Israelach againne a bhreacan a reubadh mar shamhladh air a bhròn, agus eigheach a mach na dhéigh, "M'athair, m'athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh !"

Cha tric leinn, mo chàirdean, a leithid so do aobhar bhròin a bhi againn, a thaobh nach 'eil ar treubhan Gàidhealach ach mar *aireamh bheag* am measg fineachan an t-saoghal. Ach is ann air son a' cheart reusain sin a tha e 'tachairt gu mothaisear am buille ni's truime leinn 'n nair a thuiteas àrd-fhlath air an àr-fhaich, agus gu'm bi cuimhne an laoich ni's buan-mhaireannaiche 'n ar measg. Ach eadhon am measg nan treubhan beaga sin a tha 'g àiteachadh "Tir nam Beann 's nan Gleann," dh'fhaodadh iomadh laoch tuiteam gun mhòran farum a chur a mach ; dh'fhaodadh iomadh ministear diadhaidh, dileas, agus cumhachdach tuiteam, agus tha iad a' tuiteam o bhliadhna gu bliadhna, gun an sgeul a dhol mòran ni's fhaide na'n sgìreachd sin anns an robh iad a' saothreachadh. Ach cha 'n ionann sin 's do'n laoch mu'm bheil sin a nis a' labhairt. Bha esan àrd os ceann mhòran—bha cliù aige thairis air ceudan. Faodar esan a mheas aig ceann gach sgoileir agus ministear a tha 'cleachdadadh Càrrainn nam Beann, agus sin gun dìmeas sam bith air mòran do mhinistearan maith eile a tha cumhachdach agus saothreachail anns a' chàinann sin ; agus uime sin, cha 'n ioghnadh ged a ruigeas sgeul a bhàis am fad 's am far-suimeachd. C'ait air uachdar an t-saoghal am bheil an Gàidheal air nach ruig agus nach drùigh an sgeul ? Am bheil cèarn air bith do Chanada cho iomallach

's nach ruig an sgeul so e? Cò an t-aon do dh'eilean-aiòh na *St. Lawrence*, shìos an cois na tuine, nach cluinn e? An dean an cogadh millteach, sam bheil fuil mhòran do na Gàidheil 'ga dòrtadh air machraichibh gainmhich *Charolina*, an sgeul so chumail a mach? Am bheil garbhlaichean grianach *Australia* cho fad air falbh 's nach ruig an sgeul so air mic nan Gàidh eal a tha 'stiùradh nan treud, no a' cladhach an òir? Anns gach cèarna dhiubh so anns am bheil a' mhòr chuid do shliochd nan Gàidheal a' tuineachadh ruigidh an aobhar bhròin; agus le so 'n am beachd 's leis an t-seann "Teachdaire Ghàidhealach," "Leabhar-nan-Cnoc," no "Cuairtear-nan-Gleann" nan làimh, fo aon speur 'g am bheil iad, 's i cainnt an cridhe, mar is i cainnt am bedòil, "M' athair, m' athair, carbad Israeil agus a mharc-shluagh!"

Agus ann a bhi 'cur cainnt air an leithide so do smuaintean, mo chàirdean, tha làn fhios agam, ged nach 'eil mi ach ùine ghearr 'n ur measg, gu bheil sibhse aontaichte leam anns an ni so; cha'n e mhàin na h-ochd teaghlaich fhichead sin agaibh anns an sgìreachd so a tha 'giulan ainm an diadhair urramaich nach mair-eann, agus d'am molainn a bhi "n an luchd leanmhuin air-san eadhon mar a tha esan air Criod;" ach mar an ceudna gach fine eile anns an sgìreachd so a tha 'g aideachadh a bhi fo mhòr chomain do'n sgriobhaiche chomharraichte sin, a tha nis 'n a thosd, air son am fògh-lum 'n an cainnt mhàthaireil. B' ann neo-thaingeil a bhiodh sibhse mata air son nan sochairean a fhuair sibh trèid-san, agus b' ann mi-chìùramach a bhithinn-sa na'n leigeamaid an cothrom so seachad gun fhàth a ghabhail air *cloich bhig* a chàradh air càrn an fhir-dhùthcha dhileis so a bha 'n a mheadhon cho comharraichte ann an làimh an Tighearna chum maith a dheanamh d'ar finneachan, ann a bli 'liobhadh claidheamh an Spioraid a chum aimlisg agus ruaig a chur air spiorad an dor-chadais, agus an t-saorsa sin a thairgse dhuinn a choisinn Criod, ar ceannard air ar son.

Ach mu'n labhair sinn mu na nithe sònruichte sin anns an robh an diadhair so comharraichte thar mhòran, agus o'n d'fhuair sinne buannachdan spioradail, faodar focal nu dhà 'chur sìos mu eachdraidh a bheatha, agus

gach atharrachadh agus dol air aghaidh a bh'aige 's an Eaglais, gus an d' thàinig an t-atharrachadh deireannach sin a thug esan gu "làn-choimhthional agus eaglais nan ceud-ghin a tha sgriobhta 's na nèamhan." Ach a thaobh eachdraidh a' bheatha 's duilich leinn aideachadh nach 'eil e 'n ar comas aig an àm so bhi cho mionaideach agus cho farsuing 's a bu mhaith leinn, agus nach 'eil an gnothach mòran air a cheartachadh le bhi 'feitheamh seachduinn an deigh seachduinn o'na chaochail e air son cunntas is farsuinge thar a' chuain. Ach tha mi'n dòchas nach téid mòran ùine seachad gus am faigh sinn län riarachadh anns a' chùis so ; agus gu'm bi mac ainmeil an fhir-nach-maireann, a laimh-sicheas peann cho comasach air a dhùsgadh suas le gràdh dleasnach a chum *cuimhneachan* sònruichte a thoirt seachad air beatha 'athar, a bhios 'n a fhàileadh cùbhraidh—'na ionmhas luachmhor do dh'Eaglais Dhé. Agus a thuilleadh air so, tha dòchas agam nach leig e air di-chuimhn an fhiughair a th' aig na Gaidheil gu'm faicear eachdraidh beatha an deadh charaid air a teirt doibh ann an län deise Ghàidhealaich ; agus gus an tig sin, fòghnaidh am beagan a leanas :—

Bhuineadh an t-Olla Mac Leòid a thaobh sinnsearachd do shiol Leòid an Eilein Sgiathanaich, fine, mar a tha fios aig gach Gàidheal, a bha riamh lionmhor, measail, agus cumhachdach. Rugadh esan agus fhuair e àrach anns a' Mharairne, far an robh 'athair, Tormoid Mac Leòid mar an ceudna, 'n a mhiniستear saoithreachail, dùrachdach ré dlùth air leth-cheud bliadhna ; agus feudar aimmeachadh ann an so gu bheil a bhràthair-san mu'm bheil sinn a' labhairt, an t-Olla Iain Mac Leòid, 'na mhiniستear ann an sgìreachd 'athar gus an là'n diugh. Ach a thaobh gu'n do labhair esan aon uair san ionad so "briathran na beatha so," cha ruig mi leas dol a dhearbhadh dhuibh gu bheil esan, ann an cur an céill a theachdaireachd, airidh air an treubh d'am buin e. Fhnair an t-Olla Leòdach bho 'athair caoinh, mar a dh'fhaodar a thuigsinn, cothrom gus gach fòghlum fhactainn a bhiodh feumail g'a ullachadh air son an àrd inbhe air an do ràinig e na dhéigh sin. Ach am measg gach sgoileireachd agus seòladh a bh'aige b'e 'n ni a b'fhearr 's a bu luachmhoire, an oidheirp dhùrachdach

a thug 'athair, le teagasc fallain agus eisimpleir dhiadhaidh, air a mhac òg a thoirt suas do Chriosd; cha b'e mhàin gu aideachadh follaiseach a dheanamh air ann an làthair an t-saoghal! mar mhuinnitir eile, ach gu bhi na sheirbhiseach dha-san ann am ministreileachd na réite. Do Chriosd choisrig se e gu moch mar bhed iobairt, agus spiorad Chriosd ghuidh e bhi 'g a stiùradh a chum na crìche so; agus 's ann aig an t-saoghal a tha fhios mar a bheannraigeadh an oidheirp so, agus mar a fhuair an ùrnuigh so làn fhreagairt. Ach a thuilleadh air stiùradh 'athar chàoimh, agus fògħlum leabhrachaean, faodar ainmeachadh gu'n robh e 'tasgadh suas aig an àm so *ionnsachadh do ghne eile*, a thug cunmhachd sònruichte dha, mar fhear-teagaisg, na dhéigh sin. B' ann san àm sin, agus anns an sgìreachd àillidh dhùthcha sin, le beanntan 'us gleanntan, le monaidhean 'us sraithean, le uillt thormanaich chiùin agus machraichean uaine, le cladach nan long r'a thaobh 'us lìonmhoireachd do dh'eileinean bòidheach a' sìneadh a mach m'a choinneamh—b' ann am measg nan cuspairean so a bha esan a' trusadh edlas nàduir, agus a' faotainn beachd cho àrd agus cho mòralach air obair na cruitheachd trìd an robh e, na dhéigh sin, comasach air firinnean Spioraid Dhé a chur an céill le soilleireachd agus le taitneachd; agus "mar sgriobhaiche fògħluimte chum rioghachd nèimh," gu'n robh e comasach air toirt a mach á 'ionnhas nithe nuadh 'us sean. Ar leam gu'm faic sinn a nis am balachan òg intinn each sin a' sitheadh o àite gu h-àite, agus a' tasgadh suas gliocais o gach sealladh a chì e agus o gach fuaim a chluinneas e. Faic e air feasgar ciùin, àilidh, san òg Chéitein, 'n a sheasamh air mullach na beinne is àirde tha mu'n cuairt da, agus a' gabhail beachd air àilleachd 'us maise na cruitheachd, agus gheibh thu'n *dan naomh* a' dol a suas o 'chridhe blàth a dh' ionnsuidh an Ti għlormhor sin a chruthaich gach cuspair mòralach a tha 'n a shealladh.* Faic e rìs air lorg a'

* A thaobh gu'm faod e bith gu'm bheil àireamh a leughas so nach fhaca riamh na sgriobh an t-Olla Leòdach mu "Shealladh o mhullach beinne ann an Earra-Ghaedheal, mu dhol fodha na Grine," bheir sinn seachad e falas air fhacaal:—

"O'n is cuimhne leam beathach no duine b'e mo thlachd a bhi

chòbair a tha 'g ionaltradh nan caorach mu'n cuairt air na cnocain bhuidhe, ghrianach, le'n 'uaineanaibh beaga a' mèilich 's a' mireag mu'n cuairt doibh ; agus gheibh thu'n sin e 'tasgadh suas samhladh mu'n dòigh

'siubhal nam beann ; agus is minic a ghabh mi sealgaireachd mar lethsgul, chum an srath fhàgail, agus farsuingeachd a' mhonaidh a ghabhail fo m' cheann. Tha toileachas-inntinn r'a fhaotainn air mullach beinn àird, leis an t-sealladh fharsuing a tha uaithe air muir agus air tir-mòr, nach feud gun àrdachadh inntinn a dhùsgadh a tha air dòigh àraidiùl taitneach agus tarbhach. 'S ann uaithe so a tha e 'tach-airt, gu bheil spéis mhòr aig gach aon do'n bheinn a's dlàithe do'n àite 'sàn d'fhuair e 'àrach,—baigh a leumas ris fìad 's is bede ; agus thigeadh e dhachaidh à Iunsibili na h-àird an ear no'n iar, cha bhi e fada 's a' choimhearsnachd gun togradh a dh' iouنسuidh an àite anns au d'fhuair e, air leis, a' cheud bheachd air farsuingeachd an t-saoghal ; agus b'ìdh e déigheil mar an ceudna air 'eòlas ath-àrachadh air gach glaie agus coire a b'abhaist da thaghaf 'n a ìge, 'n uair bu lùth-mhor a cheum, agus a bu bheag a bha'n saoghal a' cur air a chridhe de chùram. B'aluinn an là ann an cèitein an t-samhraidh, 'nuair a dh'fhalbh mi gun duine maille rium, le rùn fior mhullach na beinne a ruigheachd, agus sealladh fhaotainn air dol fodha na gréine. Bha'n là 's an àm sin 'n a fhad agus 'n a bhàthas : bha gach eun a' seinn aig beinn 's aig baile, agus obair na cruitheachd fo shòas. Dhùrich mi o ghuala gu guala, o choire gu coire, gus an d'ràinig mi an t-àite 'san robh an àridh ri m' cheud chuimhne : bha làraichean nam bothan fathast r'am faicinn ; bha crè nam meann 'na tholman uaine, an t-sòbhrach 's an neòinein a' fàs air. B'aighearach an sùigradh a b'abhaist a bhi 'n so moch-thrath agus feasgar 'an àm bleodhan na spràidhe. Bha 'n t-alltan beag a' siubhal gu sèimh troimh 'n àilein, le torman cho tùchanach 'sa bu ghnàth leis. Shuidh mi car tamuill air a' bhruaich ag iarraidh fionnachd 'na bhraonaibh tlàth. Cha deachaidh mi seachad air aon tobar a chaisg iota m' ìge gun fheuchainn, no air eas no leum-uisge gun seasamh air an cul a dh' fheuchainn an robh cho liutha bogha-frois r'a fhaicinn 'sa b'abhaist. Mar so chaidh mòran do'n latha seachad, ach ràinig mi fa dheireadh mullach na beinne. Shuidh mi 'm fasgadh an liath-chùrn a bh'air a mullach, agus dh'amhaire mi air an dùthaich mu'n cuairt,—

"B'aluinn a beinnean 's a srathan ;
B'eibhinn dath a gleantan."

Bha tir-mòr na duthcha ri m' chùl, ach bha mach calg-dhùreach m'am choinneamh a' chuid 'bu mliò a dh'Innse-Gall, an cuan mòr 'e 'chaoil 's le 'loingeas, agus a' ghrian ghlòrmhor fèin a' tèarnadh o àirde nan speur ann an àilleachd an fheasgair.

Cha robh eilean eadar Caol-Ile mu dheas, agus an Caol-Sgiathanach mu thuath ; cha robh sliabh eadar Beinn-an-òir 'an Diùra agus a Chul'inn ann an Eilein-a'-Chlièd, nach robh gu soilleir a'm' bheachd. Bha I nan Deòraidh le 'làraichibh briste, ann an uaigheas sàmhach r'a thaic ; Stafa ainmeille uamh' nan tonn mar dhùradan beag a mach air an fhairge ; Tirithle ìosal an eòrna,—Cola creagach,—Eig, le

anns am bheil an t-Ard bhuaachaille a' gabhail càraim d'a threud beag féin—a' giùlan nan uan 'n a uchd, agus ag iomain gu scimh na cuid a tha trom le h-àl. Tha gach suidheachadh agus aimsir a' cur an céill dha-

'Sgùrr ri speur,—'s an t-Eilean Sgiathanach, bàrnigh an iomlain; agus a mach air an eùl gu léir, ann an iomall na rioghachd, an t-Eilean-Fada mar mhìle sgeir, ag éiridh air aghaidh a' chuain, smùid ghàirdeachais ag éiridh o gach aon diubh, 'n uair bha 'ghrian a' siubhal seachad os an eionn, 'gam fágail mìle de mhìltibh 'n a déigh. Bu ðiomhain oidheirp a thoirt air a' cho-lion smuain a bha tarbhach, a dhùisg suas leis an t-sealladh so. Air a leithid so a dh'äm cha ruigear a leas an inntinn a chumail fo smachd. Bu shona a bhiodh daoine na'n giùlaineadh iad, am measg dùinich agus othail na beatha so, càileigin de'n aigne mhaith sin, a tha uaigneas agus sàmhchair a shàmhui so do dh'àite a' tàrmachadh. Oir, gu ciuntach, mar is mò a thàirngeas sinn air falbh o iorghanill an t-saoghal so, 's ann is mò a ruigeas sinn air an fhionn spioradail sin, trìd am bheil an t-anam air a chur air ghleus gu eo'-chomunn àrd a chumail r'ar n-Athair nèamhaidh. Na'm bu inmath leinn blasad de'n aoibhneas so, cha bu neo-iomchuidh dhuinn air uairibh comunn an t-saoghal so fhágail, agus a ràdh ris gach imcheist bluairceasaich a bhuineas dha, mar thubhairt Abraham r'a òganach, Fanaibhse 'an so, agus théid mise suas a thairgse na h-lobairt.

Bha 'ghrian a' tèarnadh gu luath; bha dath an òir air aghaidh nan speur; bha a leadan àillidh cheana sa' chuan, agus an fhairge, mar gu'm b' ann, a' dùnadu mu'n cuairt dh'i. Is blasd' a' chainnt a chleachd Bàrd na dùthcha so féin, 'n uair bha'n sealladh so aige, math a dh'fhaoidteadh, o'n mhullach cheudna, mar a chi sinn ann an "Dàn Oisein do'n Ghréin 'an àm luidhe." Ach bu dall sinne mur gabhamaid beachd a b' àirdé air an t-sealladh so na dh'fhaodadh esan fhòglum o thugse nàduir. An neach nach mothaiseadh o'n t-sealladh so, glòir an Ti naomha a chruthaich a' ghrian, agus a sgèadaich an saoghal le 'uile àilleachd, bu bhoichd, gu dearbh, a chor, agus cha chulaidh-pharmaid a chridhe; oir, gu deimhin, bu ghlòrmhor an tais-beanadh a bha'n so air cuinheadh us maitheas Dhé. A bhi mothachadh do'n ghàirdein threnn sin air am bheil an domhan crochta, a' fosgladh air an dara làimh dhiom dorsa na h-oidhche do'n ghréin, 'g a cur a mach a shoillseachadh taobh eile'n t-saoghal, 's a dhùsgadh nam mìltean as an suain; 's a bhi 'taicinn a' ghàirdein clieudna a' togail na gealaiche dhuinne 'na h-àite, an robh e comasach gun eigh-each a mach, Is g'òrmhor thusa, O 'Dhe uile-bheannaichte! tha nèamh agus talamh làn de d' ghildòir, a Thighearna nam feart; tha thu 'toirt dhuinne gach beannachd 'na thràth, agus cha 'n eil thu, air àm sam bith, 'gar fágail fo an-dòchas no dìth! Chaidh a' ghrian sodha, agus shaoileadh tu gu'n robh an saoghal a' caoidh: bha'n drìuchd tròm, mar dheòir na h-oidhche 'na déigh, a' braonadh gu lär. Dh'fhalbh a' ghrian, ach bha fathast àirdé nan speur air an òradh le 'gathan àgh-mhor, a' lubadh a nuas gu fann fathast air an t-saoghal, 's ga bheannachadh le edar-sholus an ammoich. Bha'n ceò a' sgaoileadh sìos air an leachduinn, agus bha 'n t-àm dhomhlis am monadh fhágail. Bu

san gliocais. Tha 'n *t-Earrach*, le 'ghuth ciùin, blàth, agus mar an ceudna le 'bhèdthalachd, a' cur an céill an gnìomhachas 's an dìchioll is còir do'n pheachach a dheanamh ann am maduinn na beatha, 'n uair a tha 'n cridhe fhathast maoth, agus a tha Grian na fireantachd a' dealradh le slàinte 'n a sgiathraighe. Tha 'n *Samhradh*, le 'chòta gorm, maiseach, le 'fhàileadh cùbhraich bho gach craoibh, preas, agus flùran—an sòbhrach-an buidhe a' cinrtinn 'am bruach an uillt, agus an neòinean bànn anns a' mhachair—a' teagasc dha-san mu fhàs agus mu shoirbheachadh a' chreidmhich. Cha 'n ann an diomhain a tha e 'toirt fa' near mar a tha an seillein caol, sreannach a' solar na meala o bhàrr an fhraoch dhosraich, agus a tha 'n seangan, fear-cronachaidh an lunndaire, gu dichiollach a' tasgadh suas a stòir—mar a tha 'n uiseag shunndach ag éiridh suas sa' mhaduinn mhoich, le 'ceileir binn, gu àird nan speur, agus mar a tha 'n gobhlan-gaoithe a' deanamh a nid, 's aig an àm iomchuidh, mu'n tig an dùdlachd, a' gabhail a thuras do thàir chein, ghrianaich, 's a' pilltinn a ris, mar a ni 'Chuthag, 'n uair a thig am blàth's. Tha 'n *Fogharadh* le 'thoradh trom, 's le 'sguaban òrbhuidhe a' cur an céill mu'n toradh is còir do shìol na beatha thoirt a mach anns an anam. Tha 'n duilleach ruadh a tha cheana 'tuiteam bhàrr nan craobh a' togail fianuis leis an Fhàidhe a tha 'g ràdh, "Seargaidh sinn uile

bheannaicht' an t-sàmhchair a bha mach air feadh an domhain ; bha còrr fhuaim ann, ach cha bu chulaidh-eagail no uamhais iad,—torman man allt, mar bha iad a' tuiteam leis an aonach o chreig gu creig,—sgriach na h-iolaire, 's i 'g itealaich air bile na creachainn, ag iarraidh a h-àil air an aisridh chorruich ; an fheadag ghuanach o thòm gu tòm ; gogail a' choilich-ruaidh 'g am dhoichioll o'n bheinn ; a' chearc a' gairm a h-àil fo 'sgéith, agus miogadaich nan gabhar ag iarraidh nam meann. O ! cia llionmhòr mìle bed-chreutair air feadh an t-saoghail, smuainich mi, a tha 's a cheart àm so a' dol gu tàmh fo shàil-choimhead an Fhreasdale sin a bha 'faireadh thairis orra. agus a dh' uidheam-aich àite tàimh do gach aon aca fa leith. Tha sùilean nan uile ort, O ! Dhé ; tha thu toirt doibh gach sochair 'n a thràth. Agus ma tha Dia mar so a' buileachadh orrasan na h-uiread de chùram, an dean e dearmad air mac an duine ? "Feuch," a deir Criod, "eunlaith an athair ; cha chuir iad, agus cha bhuaин iad, agus tha Dia 'g am freasdal ; agus nach fearr sibhse gu mòr na iadsan ?" Eisd so, O ! thusa air bheag creidimh : giùlain na smuaintean so leat do d' leabaidh : earb thu fèin ri Dia, leis an dòchas a tha 'g éiridh uatha, 'us bithidh do chadal taitneach.

mar an duilleach." Tha 'n *Geamhradh* gruamach, ùd-laidh, le 'oidhche fhada 's le latha goirid, le 'chrann-aibh loma 's le fheadalaich fhuaire a' toirt sanus druigh-teach gu deasachadh 'na thràth, mu'n tig na droch làithean, agus mu'n druid na bliadhnachan, anns an abair thu, Cha'n 'eil tlachd agam annta. Air gach ni dhiubh so bha 'm balachan òg a' sealltuinn le *suil* an Fheallsanaich, ach le *tuigse* a' Chriosduidh, agus 'g an-tional uile suas, mar ann an tigh-stòir, a chum feum a' Mhaighstir.

Ach gun a bhi fuireach ni's fhaide air a' cheann so, faodar a ràdh mar an *dara ceum* ann am beatha an Olla Leòdaich, gu'n do roghnaich e mar àitean ionnsachaидh na colaisdean a b' àirde ann an Albainn, b' iad sin Glacsho agus Dunéideann, (oir bha e 'fogh-lum anns an dà àite) agus anns na h-Oil-thighean so faodar a bhi cinnteach gu'n robh a' chùrsa mar sgoileir a réir a' chothroim a' fhuair e agus an tàlann sòn-ruichte agus na buaghan nàduir a chaidh a bhualeachadh air. Fhuair e troi 'chùrsa ionnsachaидh aig àm fior òg, agus air dha cead searmonachaидh fhaotainn ghairmeadh e gu bhi na fhear-cuideachaидh le ministear sgìreachd Chillebhreanain, fo Sheanadh Earraghàidheal ; ach cha robh e fada san àite sin an uair a dh'fhosgail sgìreachd fharsuing dha, agus chuireadh an cudthrom uile air a ghuailnibh leis féin. Thachair so anns a' bhliadhna 1808, an uair a chaochail an duine ainmeil agus cliùiteach sin a bha cho feumail na latha, an t-Olla Iain Mac-a'-Ghobhann, a bh'ann am baile Cheann-loch Chille-Ciaran. Chaidh dorsan na h-eag-laise mòire sin air an robh Diùc Earraghàidheal na Fhear-taice fhosgladh do'n t-seirbhiseach sin a gheibhте freagarrach agus comasach air an uallach mhòr so a ghiùlan. Chuir Righ Shioin an t-uallach air guailibh a' ghile òig fhlathail so, air am bheil sinn a nis a' labhairt, an uair nach robh e fathast ach ceithir bliadhna fichead a dh'aois. Ged a dh'fhaodadh esan a bhi fo ghiorag na leithid so do chàs, o gheur-mhothachadh air a leanabas fein, agus air a chion gliocais a chum stiùireadh sluagh cho mòr, gidheadh 'ha e làn shoilleir, mar a nochd deireadh na cùise, gu'n d'thug an Tighearna neart agus misneach dha, 's gu'n do

bhean e r'a bheul mar ri Ieremiah o shean, ag ràdh ris,
 "Feuch chuir mise mo bhriathran ann ad bheul."
 Fo chumhachd an ungaidh so ghabh e air aghaidh a'
 saoithreachadh, agus cha b' ann gun toradh, anns an
 earrainn so do'n fhion-lios ré shea bliadhna deug, fo
 mheas aig na h-uile, agus fo chaidreamh caomh agus
 bràithreil aig a shluagh féin.

Ach aig ceann na h-ùine so b'fheudar am bann càird-eil so chur fa sgaoil. Anns a' bhliadhna 1825 ghabh e gairm o eaglais *Champsie*, sgìreachd Ghallda, mu dheich mìle an ear air baile mòr Ghlascho, a dh' ionnsuidh an robh a chùrsa-san a' stiùradh uigh air n-uigh, amhuil mar am bradan o'n abhainn thana gus a' chuan mhòr, far am bi comas aige cluiche le 'uile neart. Anns an sgìreachd so dh'fhuirich an t-Olla Leòdach fad aona bliadhna deug; agus an sin, air do'n urramach Maighstir Iain Mac Laurin a bhi air a sgaradh leis a' bhàs o eaglais Ghàidhealaich Ghlascho, nach robh san àm sin na h-eaglais sgìreachd, fhuair an t-Olla Leòdach gairm làidir agus aonaichte o'n choitíthional so gu teachd a shaoithreachadh nam measg, màr an neach a bu fhreagarraiche air an cuirte làmh anns an Eaglais. Agus ged nach robh an so ach *Caibeal*, 'se sin eaglais nach toir a suidheachadh guth labhairt d'a ministear ann an Cuirt Cléire, agus ged a bha 'ghibhteán-san barraichte mar an ceudna air son eaglais *Bheurla* mar a bh'aige, far nach biodh an t-uallach cho trom, mar a tha fios agaibh, riusan air am bheil mi-fhortan na "teanga dhùbailte," mar a their sin 'an *Canada*; gidh-eadh mheas "Caraid a' Ghàidheil" gu'm b'e 'dhleas-nas a' ghairm chridheil so a ghabhail chum a bhi 'na bhuachaille air a luchd-dùthcha féin, agus mar sin, cho fada 'sa bha 'na chomas, an treud càirdeil sin a chaidh fhuadach, mòran diubh leis an fhòirneart, à dùthaich an athraichean, a dhìon o gach beud d'an robh iad buailteach ann an cuairt-shlugan a' bhaile mhòir sin. Anns an t-suidheachadh so gu sònruichte chite stiùradh Ceann na h-Eaglais agus a bheannachd, na chois. Thugadh esan air àghaidh ceum air cheum, agus o àite gu h-àite, gus an d'ràinig e'n t-àite sin anns an robh a ghibhteán sònraichte anns an da chàin gu bhi air an cleachdad le mòr, éifeachd, agus

uime sin, o'n àite so cha d' atharraicheadh e tuilleadh, gus an dubhaint an t-Ard Bhuachaille ris fadheoidh, air da 'obair a bhos a bhi criochnaichte, agus an ceann sea bliadhna fichead do shaothair san sgìreachd so, "Thig a níos an so." Am measg an t-sluaigh so bheannaich an Tighearn a shaothair gu ro mhòr. Chaidh mòran anamannan a chur ris an Eaglais spioradail gach latha. Nochdadadh an toradh mar an ceudna o'n leth a muigh, ann an togail a suas na h-eaglais so nach robh ach 'na *Caibeal* a mhàin, gu bhi na h-eaglais sgìreachd, fo ainm an Naoimh ainmeil sin a thog suas lòchrann an t-soisgeil do na Gàidheil anns na linntibh dorcha chaidh seachad, agus a b' airidh a nis air 'ainm a chumail air chuimhne le sliochd nan Gàidheal 'an Glascho gach uair a rachadh iad a stigh a chum aoradh an Tigheurna air dorus "Eaglais sgìreachd Chaluim Chille." Agus nach fhaod mi chur 'n ur cuimhne, mo chàirdean, san dol seachad, mar a tha'n t-ainm ceudna a roghnaich sibhse air son 'ur n-eaglais ùire a' togail fianuis gu bheil sibhse a' gabhail ris an t-soisgeul a shearmonaicheadh le Calum Cille, agus a' cur an céill 'ur taingealachd air a shon gach uair a sheasas 'ur casan anns an ionad so, agus gu bheil e 'g agairst uaibh laoidh mholaidh do Dhia 'ur n-athraichean am feadh a chi sibh mòran d'ar luchd-dùthcha mu'n cuairt duibh a' cunntas am paidrein 'an Gàilig, agus a' lùbadh an glùn aig altair Mhuire.

Ann an sgìreachd Chaluim Chille, mar a thuirt sinn cheana, chuir an t-Olla Leòdach seachad na sea bliadhna fichead mu dheireadh d'a shaoghal. 'S an àm an d' thàinig e do'n sgìreachd so bha e ro iomrait each—bha grian a bheatha aig àirde nan speur. Choisinn àrd fhòghlum agus a sgrìobhaidhean, a theag asg fallain agus a chaithe-beatha cothromach dhasan do mheas o 'chomh-bhraithrean anns a' mhiniestrealachd 's gu'n d' fhuair e air a' cheart bhliadhna so, 1836, an ceum meas is àirde ann an Eaglais na h-Alba, b'e sin a bhi 'na Cheann-suidhe air Ard Sheanadh na h-Eaglais, air dhith a bhi cruinn ann an Dunéideann; agus cha 'n iognadh ged a chomharrach a' Bhanrighean a mach esan mar aon d'a ministearan-teaghlaich, 'n uair a bhiodh i air a cuairt shamhraidh ann an dùthaich nam

beann—dreuchid a ghleidh e fhad 's bu bhèò e, le làn riachadh do'n Bhanrigh'nn. Cha b' e mhàin gu'n do dhearbh i meas mòr a bhi aice air an Olla Leòddach fhad' s bu bhèò e, ach nochd i a comh-fhaireachdainn r'a theaghlaich an déigh a bhàis. Cha luaithe ràinig sgeul brònach a bhàis an lùchraig rioghail ann an Lunnainn na chuir a' Bhanrigh'nn litir a dh'ionnsuidh an teaghlach thùrsaich anns an robh càirdeas, comhfhalangas, agus caomhalachd chriosduidh air an taisbeanadh gu pailt. Cha b' ioghnadh ged a bha aige-san a choisin mar so deadh-ghean dhaoine maith' agus àrd-fhlaithean Bhreatuinn, a thuilleadh air spéis gach coimhthionail a bha riamh f'a chùram, deadh-ghean coimhthional eaglais Chaluim Chille, am measc an robh e nis air a shuidheachadh. Thachair e dìreach mar a dh'fhaoidte fiughair a bhi ris, oir anns a' bhliadhna 1858, chuir iad latha air leth mar latha gàirdeachais, agus mar chuimhneachan sònraichte air an fhreasdal ghràsmhor sin a chaomhainn an t-Olla Leòddach gus am fac e leth-cheud bliadhna mar mhinistear an t-soisgeil. Cha b' e mhàin gu'n robh 'choimhthional féin agus mòran a thuilleadh a bhuiteadh do dh'Eaglais na h-Alba a làthair, ach mar an ceudna àireamh mòr o eaglaisean eile do chaochadh aidmheilean. 'B e so latha greadhnachais a bha ro thaitneach dhoibhsan, agus a tha ro ainmig a' tachairt ann an cùrsa beatha ministear 's na làithibh so.

Ach o'n àm so thòisich grian a bheatha air dol fodha, agus cò dh'fhaodas a ràdh nach robh an t-àm freagarach, no a ghearan nach fhacas i ré ùine mhòr. Agus a thaobh a bheatha a bha ro fhada agus ro chomharrachte ann an seirbhis an Ard Mhaighstir, nach fhaodadh an naomh so a bhi 'faotainn freagairt d'a ùrnuigh, mar Shimeon aosda, "A nis, a Thighearn, a ta thu a' leigeadh le d'sheirbhiseach siubhail an sith, a réir t'fhocail." Ann an sith agus an sàmhchair rinn esan triall fadheòidh, làn làithean agus saothair, aig ceann réis mhòir nan ceithir fishead bliadhna gu h-inbhe aon, agus aig ceann ceithir deug 's dà fhishead bliadhna ann am ministrealachd an t-soisgeil. Seadh, chaidh a ghrian-san fadheòidh as an t-sealladh, ach cha b' ann fo smal ; oir amhuil a théid a' ghrian fodha 'na h-uile ghildòir, 'an ciaradh an fheair, air cùl bheanntan àrda

na Marairne, gu h-éiridh a rìs le boillsgeadh dealrach na h-ùr mhaduinn a chum soillseachadh dhùthechaibh céin, mar sin chaidh a ghrian-san fodha á sealladh an t-saoghal so, ach a chum éiridh a rìs le dealradh a's glòrmhoire 's is buan-mhaireannaiche, ann an ionad na soillse sin a dh'ionnsuidh an robh carbad dealrach an fhàidhe a' triall, agus far nach cuir dubh-neòil an fheasgair, no ciaradh an anamoi-ch a chaoidh brat-sgàil thairis air "glòir Dhé agus an Uain," a tha 'dòrtadh mu'n cuairt boillsgeadh glòrmhor agus slàinteil air na "naoimh 'san t-solus," gu saoghal nan saoghal. Agus ri linn dhàsan dol as an t-sealladh ghairmeadh aire mhòran fhianuisibh, d'an robh e na mheadhon beannachaidh ré a bheatha, agus o àrd agus iosal, o òige 's o shean aois—o'n Bhanrigh'nn air an righ-chathair gu ruige banstrach bhochd bothan a' għlinne, chaidh an t-aon chumha tûrsach a suas an déigh an fhàidhe, "M' athair, m' athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh!"

II. Ach mu bheatha an Olla Leòdaich, o thoiseach gu deireadh, cha-n'eil e 'n ar comas, agus math a dh'fhaoide nach biodh e freagarrach a bhi ni's mionaidiche air an àm so; ach a réir tomhas ar fiosrachaïdh anns a' chùis tha e freagarrach a bhi 'g ainmeachadh a nis nan dearbh-nithe sin anns an robh esan *comharrachite* thar chàich, agus tre an robh e 'na mheadhon beannachaidh do dh' Eaglais na h-Alba, gu sònruichte do'n earrainn bhig sin dith a tha 'g aoradh do Dhia ar n-athraichean anns a' Ghàilig; agus is còir aideachadh 'an so gu bheil sinn fo fhiachaibh a thaoblach an edlais is cinntiche a th' againn mu'n chùis so do aon do fhìor-chàirdean an diadhair nach maireann, a bha edlach air riamh o 'òige.

(1.) 'S e cheud ni a dh'ainmicheas mi mu'n Olla Leòdach gu'n robh e 'na shàr sgoileir. Cha bhiodh flughair againn ris an atharrach o neach aig an robh ceann maith agus inntinn thogarrach mar a bh'aige-san; agus gu sònruichte neach a fhuair cothrom ionnsachaidh cho maith 'sa fhuair esan, araon ann an tigh 'athar 's ann an Ard Oil-thighean na h-Alba. Cha b'ann a' Ghàilig a mhàin a bha 'fhòghlum a' comh-sheasamb: anns a' Bheurla mar an ceudna bha e comasach

air an fhirinn a chur an céill le cumhachd agus snas-mhoireachd nach b' urrainn gun taitinn ris gach neach. Cha b' ioghnadh idir ged a tharruing e àireamh mòr do dh' uaislean 's do mhaitean Ghlasco, a thuilleadh air cuid do'n luchd-teagaisg is àird sa' Cholaisde, gu feitheamh air aoradh an Tighearna ann an eaglais Chaluim Chille. Bha 'eòlas air na ceud chànaoinean, 's iad sin an Eabhra agus a' Ghréigis, anns an robh an t-Seann Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh air an sgriobhadh air tùs, mar an ceudna airidh air neach a bha gu Focal an Tighearn a mhineachadh do'n t-sluagh. Agus mo chàirdean, nach mòr is fhiach neach a bhi comasach 'na leithid so do dh'fhòghlum? Nach beag t'earbsa anns an neach sin mar fhear-stiùraidh a tha neo-sgileil anns na ceud chànaoinean? Nach beag earbsa bhiodh agad anns a' bhàta sin nach do thogadh le làn shaor? Nach beag earbsa bhiodh agad san tigh sin nach do thogadh le làn chlachair? An eaglais sin a tha sibh a' togail cha'n earbadh sibh ri luchd-ceird a bhiodh aineolach air mar bu chòir a' chlach-stéidh' a leagail, na h-oiseinean a għlasadh agus am fiadh a chur an àird a tha ris a' mhullach throm a cheangal 's a chumail suas: nithean cho eudthromach cha'n earb sibh ach ri làn luchd-ceird. Agus ni mò is còir togail teampull an Spioraid Naoimh earbsa ri neach ach ris-san aig am bheil—a thuilleadh air stiùradh an Spioraid—fòghlum na litireach agus an t-eòlas air nithean nàduir trid am minich e briathran an Spioraid. Agus nach 'eil aobhar taingealachd againn, mo chàirdean, gu bheil Eaglais na h-Alba ann an Canada ag agairt nan ceart cheuman so air a luchd-teagaisg, agus mar so gu bheil i air leth air gach Eaglais eile, agus ged nach 'eil i ach ðg agus car lag fathasd, agus ged a tha ach-aidhean an t-soisgeil làn abuich 's a' gairm air na buan-aichean an corrain a shàthadh a steach gun dàil, gidheadh tha 'n Eaglais, 'n a gliocais, a' cumail an luchd-saoithreachaidd ðg air an ais o fhroiseadh an arbhair phriseil, gus am fòghlum iad corran an t-soisgeil a chleachdadh le sedltachd agus cumhachd.

Ach b' ann gu sònraichte sa' Ghàilig a bha'n t-Olla Leòdach ro theòma mar sgoileir. So cha ruig sinn a leas dol a dhearbhadh. Tha fios aig gach Gàidheal

am fad 's am farsuingeachd air so. Mar do leugh thu cui'd do leabhrachean Thormoid Mhic Leòid cha 'n 'eil t-edlas air a' Ghàilig ach gann. Labhraidh a leabhrachean mata air a shon—o'n "Cho'-chruinneachadh" air son nan Sgoilean Gàilig, a chuir e mach air iarrtas Ard Sheanadh na h-Eaglais anns a' bhliadhna 1828, gus an Fhoclair mhòr sin anns am bheil a' Ghàilig a's gloine air a càrnadh a suas mar ionmhas dìrdheirc a chum feum mhinistearan agus gach neach leis an àill an càinain mhàthaireil a chleachdadh leis gach uile fhiorghloine. Air son an Fhoclair choiliona so 's iomadh aon a thuilleadh air 'ur ministear a bheir am beannachd air Caraид a' Ghàidheil mar an neach a sholair am meadhon prìseil so a chum an èolas air cainnt an òige ùrachadh, agus an deanamh comasach air soisgeul nan gràs a' mhìneachadh anns a' chàinain a's fearr a thuig-eas sibhse. Agus is ni a tha comharraichte a thaobh Gàilig an ùghdair so, agus a tha 'meudachadh a luach, gu bheil i so-thuigsinn do gach neach, anns gach sgìreachd agus siorramachd 'an Albainn, air chor's gu bheil sgeulaclid thiamhaidh nam mairtireach anns an Teachdaire Ghàidhealach 's ann an Cuairtear nan Gleann, cho drùigheach mu chnuic Chataobh 's a tha i air mach-raichean Ile. Agus a rìs tha i fuasgailte, snasmhor, so laimhseachadh, agus uile gu lèir saor o bhlas na Beurla —nithean nach urrainnear a ràdh mu Ghàilig iomadh ùghdar eile. Thug esan snas agus laight d' ar càinain a tha dòchas agam a ghleidheas e mar riaghait stiùr-aidh do gach ùghdar eile, agus gu sònraichte do shear-monaichean an t-soisgeil. Do neach a bha mar so cho comasach anns a' Ghàilig cha b'iongantach ged a bha e furasda dha edlas fhaotainn air cànaoinean eile aig am bheil dàimh rithe. Is ann mar so a bha 'chùis. Bheir-eadh an t-Olla Leòdach seachad solus na beatha mair-eannaich do'n Eirionnach bhochd, a tha 'g ùrnuigh ri Muire, 'na chainnt féin le fileantas agus cumhachd a bha cho iongantach do'n Eirionnach 's a bha'n fhirinn dhearbhta sin, nach 'eil ach "aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus duine." D'a thaobh so rinn e sochair mhòr do na h-Eirionnaich agus chuir e comain shònraichte air an Eaglais Chléireachail (*Presbyterian*) 'an taobh-tuath na h-Eirionn. Air iarrtas agus fo

stiùradh Seanadh na h-Eaglais sin ghabh e os làimh Leabhar nan Salm eadar-theangachadh 'an ranntachd gu h-Iris (a' Ghàilig Eirionnach), agus le cuideachadh aon sgoileir a mhuinnitir na dùthcha sin, *Mr. Connellan*, thug e'n obair mhòr agus chliùiteach so gu crich urramaich. 'An sin, leis an obair sgrìobhita so 'na làimh, chaidh e do Shasunn air son a clò-bhualadh. Tha e air aithris 'n uair a ràinig e Lunnainn 's a dh'iarr e cuideachadh a chum an obair a chur air a h-aghaidh, gu'n d' fhedraich aon do dh'Ard Easpùigean na h-Eaglais Shasunnaich dheth, ciod an diong'altais a bheireadh e seachad gu'n robh an obair air a toirt gu crìch cho firinneach agus cho coilionta 'sa bu chòir? Fhreagair esan gu necc-sgàthach, 's thuirt e, gu'n tugadh ainm an Olla Leddaich. Dh'fhoghainn so, agus shuair esan failt a's furan o Easpùigean mòra na h-Eaglais Shasunnaich agus o Chriosduidhean eile do gach aidmheil, agus thug iad uile an seachd beannachd air-san air son a shaothair luachmhor, agus rinn iad comb-ghàirdeachas maille ris anns an obair mhòdir a thug e gu crìch. Agus ni b'fhearr na sin, ghabh Righ Uilleam IV. mar an ceudna ris le mòr chaomhalachd a thaobh na h-obair chliùitich so, agus gu toileach cheadaich e dha an Leabhar Shalm a chur a mach fo a thèarmunn ro dirdheirc féin.

2. Ach nam farraideadh neach ciod an ni is ro chomharrachte ann am beath' an Olla Leddaich? their-eamaid gu'm b'e a rùn do na Gàidheil. 'S ann dasan thar gach neach eile is dlighe, le còir shònraichte, an t-ainm sin, "Caraid a' Ghàidheil." Air dlia-san a bhi 'n a shàr sgoileir Gàilig bha e leis a sin 'n a shàr Ghàidheal. Thug se e féin suas gu buileach do leas a luchd-dùthcha. B' ann air son am buannachd-san, araon aimsireil agus spioradail, a choisrig e 'bheatha, agus so mheas e mar a dhleasnas thairis air gach ni eile. B' esan a dh'fhaodadh a ràdh, mar a thuirt an t-abstòl Pòl, "Ghuidhinn mi féin a bhi dealichte o Chriosd, air son mo chàirdean, mo luchd-dàimh a thaobh na fèola." Is ioma Gàidheal aonaranach, bochd, a thàinig a nuas o bheanntau 's o ghleanntan na Gàidhealtachd a chum a chor saoghalt' a leasachadh anns a' Ghalldachd a fhuair cuideachadh, càirdeas a's stiùradh o'n

Olla Leòdach; agus is iomadh aon diubh so, mar biodh esan, a bhiodh 'n an cobhartach do na mìltean buair-eadh a tha 'coinneachadh air gach làimh 's a' bhaile-mhòr, agus a dh'fhaodadh a bhi air an tilgeadh a thaoibh mar an iùbhrach lag air a' chladach chreagach, 'n am masladh 's 'n am bristeadh-eridhie do na bhuineadh dhoibh. Ach cha b' ann air Gàidheil Ghlascho a mhàin a bha sùil a' bhunchaille so. Bha aire-san, mar dheadh Easpuig a' ruigheachd a' chinnich gu léir. Air a' chèarn is iomallaiche agus air a' ghleann is uaig-niche sa' Ghàidhealtachd ràinig a' ghuth, a' chomhairle, 's a' chaoimhneas. B' e mhiann an cor a leasachadh a thaobh nithean aimsireil, 'n am fòghlum a thaobh nithean saoghalta, agus mar an ceudna a thaobh nithean spioradail. Air son nan trì nithean so chuir e gu minic e féin thuige. 'N uair a thàinig an nàmhaid ghuineach sin, a' ghort, uair agus uair a thoirt ionnsuidh air na Gàidheil bha esan ullamh a chum sedlàdh air falbh air son cobhair fhaotainn doibh. Anns na bliadhna chan 1836-7, nuair a dh'fhàilnich am Buntàta, an lorg sin as an robh na Gàidheil ag earbsa, chaidh esan, ann an cuideachd ri dà dhuin'-uasal eile, do Shasunn, agus chuir e 'n céill do dhaoine beairteach an taobh deas cor bochd a luchd-dùthcha air dhòigh cho drùigheach 's gu'n d' rinn e tional a thug fuasgladh àmail, a sgaoil aoibhneas nach bu ghann air iomadh gnuis dhubhaich. Agus a rìs deich bliadhna 'na dhèigh so rinn e an gnìomh cneasda ceudna a rithisd, agus mar so thug e uair eile aobhar do dh'ioma truaghan acrach ann am bothain a' ghlinne am mìle beannachd a thoirt air "Caraid a' Ghàidheil."

Agus a rìs faodar a ràdh gu'n robh a mhiann air son soilleireachadh inntinn a thoirt do ua Gàidheil a' dol an cois a dhùrachd air son an cor aimsireil a leasachadh. D'a thaebh so faodar a ràdh gu'm b'e àrd mhaighstir-sgoile ar luchd-dùthcha, agus gu'm b' esan àite tuineachaidh an t-soluis o'n robh na pìoban a' dol a mach a' sgaoileadh an t-soluis feadh na Gàidhealtachd, amhui a tha'm baile-mòr air a shoillseachadh o'n aon ionnlas mhòr anns am bheil cungaидh an t-soluis air a tasgaidh suas. Agus cha'n abair sibh gu'm bheil an samhladh so tuilleadh is làidir, 'n uair a

chuimhnicheas sibh air gach oidheirp a thug e riamh anns an dòigh so ; agus gu sònruichte 'n uair a bheir-ear fa'near gach saothair a chleachd e, 's gach leabhar a chuir e mach chum soilleireachadh a thoirt d'a luchd-dùthcha. Cò fhuaire a bheag d'a àrach no d'a sgoil ann an Tìr nam Beann nach 'eil fo fhiachaibh do Charaid a' Ghàidheil air son a chuid fògħlum, bho 'n chiad leabhar a chuir e mach—b'e sin an "Co-chruinneachadh" air son nan Sgoilean Gàilig anns a' bhliadhna 1828, gu "Fear-tathaich nam Beann" ann an 1848. Agus cò a chaith a bheag d'a làithean ann an "dùthaich na h-oidhch' fhada gheamhraidh," gun roinn do'n oidhche fhada sin a chaitheamh a' faotainn fiosrachadh feumail agus fearas-chuideachd thaitneach o'n "Teachdaire Ghàidhealach," o "Chuairtear nan Gleann," 's o "Fhear-tathaich nam Beann." 'S ann 's na Miosachain so a chuir esan a mach, a leth-obair air a dhleasnas d'a sgìreachd, a bha'n teagastg a' dol air aghaidh, agus an intinn air a soillseachadh le èdas an t-saoghail, a bha 'g ullmhachadh an leughadair air son 'aite a sheasamh le barrachd feum agus meas, agus a bha 'toirt misnich dha a dhùthaich féin fhàgail agus dol do dhùthchaibh céin.

Agus mar a bheir mòran fianuis cha robh an t-Olla Leòdach di-chuimhneach air a luchd-dùthcha aig àm dhoibh dùthaich an sinnseara fhàgail. Faic an long blàriagh ud a tha 'togail suas a bréidean geala ris an oiteig, agus a' tarruing a stigh a h-achdrach, am measg othail a's üinich a tha 'cur an céill gu'm bheil i 'dol a sgoltadh nan tonn air taisdeal fada. Am measg an luchd-turasis chi thu breacain a's boineidean o'n aithnich thu gu'm bheil an Gàidheal a' fàgail a dhùthcha. Tha deòir a' sruthadh gu frasach, càirdean air an sgaradh o 'chéile, agus mìle smuain throm, thiomhaidh, ag éiridh suas. Tha lnasgadh nam boineidean mu'n cuairt trì uairean, agus an àrd-iolach a thog iad a' nochdadhbh gu bheil iad a' fàgail beannachd shiorruidh aig na cnocain bhòidheach sin air an tric a shaodaich iad an spréidh, 's aig a' bheinn stùcaich sin, le badan ceò ag iadhadhbh m'a mullach mar gu'm biodh i nis a' deanadh comh-chaoidh—aig a' ghleann àillidh sin, dosrach le mìle blàth, agus ceòlmhor le torman an uillt, a tha

nis mar gu'm b' ann ri tuireadh cianail air son na tha
'falbh, agus aig an eaglais nach téid gu bràth air di-
chuimhn' mar an t-àite gràdhach anns an cual iad gu
minic mu'n ionad aoibhneach sin anns

"An coinnich sinn na sgaradh uainn,
'S nach dealaich sinn ni's mò."

Agus mar an ceudna an cladh, le 'tholmain uaine fo'm
bheil an dàimhich 'nan luidhe 'an suain a' bhàis, agus
far an robh fiughair orrasan am biodh an cuirp fèin air
an càradh. Ach tha neach àrd, flathail, agus urram-
ach 'n am measg, le cneasdachd a's caomhalachd 'na
ghnuis, le trusgan a tha 'cur an céill a dhreuchd, agus
le briathran gràdhach a tha 'g innseadh gur fear-comh-
fhurtachd e. Air an neach so tha gach sùil a' beachd-
achadh troimh na dedòr—tha e 'labhairt le dùrachd
agus baigh ris na h-eilthirich bhrònach. Tha e 'cur
'n an cuimhne gur coigrich agus luchd-cuairt iad ann
am fàsach na beatha so, agus gur feumail dhoibh a bhi
'deanadh greim, le làn chreidimh, air an Flear-stiùr-
aidh sin a threòraicheas iad gu tearuinte do'n Chan-
àan nèamhaidh, far nach bi dealachadh ni's mò. Tha
e 'toirt misneach dhoibh le beachd air làthaireachd
an Uile-chumhachdaich a tha 'riaghlaigh nan siontan,
agus aig am bheil a shlighe anns an doimhne mhòir,
agus a ghleidheas slighe an fhirean troimh chuantaibh
stoirmeil na beatha so, gus an ruig iad an caladh àgh-
mhor sin far am bheil sith agus sàmhchair shiorruidh.
Tha e 'toirt rabhadh dhoibh mu gach buaireadh d' am
bi iad buailteach anns an dùthach chéin a dh' ionn-
suidh am bheil iad a' dol, agus a' sparradh orra iad a
leantuinn dlùth ris an Tighearna le làn rùn eridhe,
agus a' sìor bhuanachadh 'na sheirlhis gu crich an tur-
ais anns an fhàsaich so. Agus an sin, le guth na
Salm binn a thogail suas do'n Tighearna sna briath-
ran milis sin,

"'Se Dia fèin is buachaille dhomh," &c.

agus le ùrnuigh dhùrachdaich ris an Ard-bhuachaille
chum am beannachadh, an stiùradh, 's an gleidheadh
tre Chriosd gu a rioghachd shiorruidh ghabh e 'chead
diubh; agus le ùr mhisneach thug iadsan an aghaidh

air an dachaidh ùir. B'e an neach urramach so Carraid a' Ghàidheil, agus cha b' ann aon uair a mhàin ach gu minic a thachair na dh'ainmich mi ; agus cha'n eil an so ach aon dòigh air an robh esan a' cur air aghaidh buannachd a luchd-dùthicha.*

* A chum fiosrachadh aon air bith d'ar luchd-dùthicha nach do leugh riamh an cunnitas a thug an t-Olla Leòdach mu "Long mhòr nan Eilthireach" bheir sinn seachad e ann an so. C'a' bheil an Gàidheal, aon chuid a thàinig theiris air a' chuan mhòr no tha fhathast 'an Tìr nam Beann, nach d' fhirosraich na faireachdainnean ceudna 'an àm dealachadh r'an càirdean? [Faodar ainmeachadh 'an so gu'm bheil sgriobhaidhean an Olla Leòdhaich 'g an cur an clò as ùr, maille ri eachdraidh a' bheatha agus gu'm faigbear iad an aithgearr r'an ceannach o fhearr reic na Searmoin so.]

"Air pilleadh dhomh air m' ais o I Chalum Chille, thàinig sinn, air an aon fheasgar shàmhraigdh a' àillidh a chunnaic mi riamh, do dh' àite tèaruinte, fsgach, a tha 'an ceann mu thuath an eilein Mhuilich. Air leam nach faca mi cala loingeis idir a tha air a dhion o éiridh fairge agus o chumhachd stoirm mar tha e. Tha eilean fada caol 'g a chuaireachadh air an taobh a muigh, a' sgaoileadh a sgiathian gu càirdeil mu'n cuairt air gach soitheach beag agus long a tha 'g iarraidh fsgaidh 'n a thaic a dhruim, a chuain, no 'tha 'feitheamh ri sìd mara gus an rugha-mòr a ghabhail. Air an làimh dheis mar a chaidh sinn a stigh, tha'n fearann ag éiridh gu corrach, cas. Bha sinn a' seòladh ri bile nan creag, agus bha geugan nan craobh a' lùbadh dlùth dhuinn. Thàinig fàileadh a' bharraich oirnn air oiteig an t-samhraigidh, agus bha mìle eun beag le'n ceileiribh binn a' seinn air gach preas, a' cur fàilte oirnn, 'n uair a bha sinn a' seòladh seachad orra gu réidh, sàmhach. Cha robh taobh a thionudaidhinn mo shùil nach robh 'n sealladh taitneach. Bha na beanntan àrda Mòr-chuanach, 's iad uaine gu'm mullach. Suaineart le 'chnocaibh 's le 'thul-aichibh bòidheach ; 's an Leathar-Morthairneach a' sìneadh uainn, a' deanamh gàirdeachas ann am blàthas an fheasgair shàmhraigdh. Aig ceann shuas a' chaoil chì mi

— "Bheinn àrd a's àllidh sgiamh,
Ceann-feadhna nam mìltean beann :
Bidh aisling nan damh 'n a ciabh,
'S i leaba nan nial a ceann."

An uair a dhlùthaidh s'in a stigh, cha robh ri 'fhaicinn ach croinn nan loingeas, am brataichean a' snàmh gu fann ris an t-scoirbeas ; 's cha robh ri 'chluinntinn ach farum ràmh, 's torman nan allt 's nan eas, a bha 'tuiteam o iomad sgàirneach àrd, do'n chaladh a bha nis a' fosgladh gu farsuing romhainn. O thaobh gu taobh de'n tràigh, air an dara làimh, tha sràid de thighean mòra co geal ris an t-sneachd ; 's gu grad air an cùl tha uchdach chorragh, chas, far am bheil an call-tuinn, an caorann, agus an t-àmuseann a' fàs gu dosrach, eo dlùth, dìreach os cionn nan tighean a tha i òdhpà, 's gu bheil an geugan, air leat, a' lùbadh m' am mullach. Air braigh a' bhruthaich chi thu 'chuid eile de'n bhaille cedar thu 's am fàire, ionnus gur duilich dhuit

Mar so, mo chàirdean, air dòighean do àireamh choisinn an t-Olla Leòdach dha féin an t-ainm sin, Caraid a' Ghàidheil, agus cha b' ann le briathraibh bedil, ach le gniomh làimhe agus le saothair beatha. 'N uair

àit a's bòidhche agus a's neo-chumanta fhaicinn. Ach 's ann a mach 's a' chaladh a bha'n sealladh a b' fhiach fhaicinn; na ficheadan soith-each eadar mhòr agus bheag, iomad eithear caol le'u ràimh uaine, a' bhìrlinn riomhach le 'siùl gheala, 's an long-chogaidh le 'croinn àrda, 's le 'brataich rioghail. Ach 'n am measg uile chomharrach mi aon long mhòr a thug bàrr orra air fad: bha iomad bàta beag a' gabhair d'a h-ionnsuidh, 'us mhothaich mi gu-n robh iad a deanamh deas g'a eur fa sgaoil. Bha acn duine leinn a thàinig oirnn aig cùlthaobh Mhuile, a's gann a thog a cheann fad an latha, a bha nis ag amhare gu h-ionaguineach air an luing mhoir so. "An aithne dhuit," thubhairt mi ris, "Cò i an long mhòr so?" "Mo thruaighe," a deir esan, "'s ann domh is aithne; 's duilich leam gu bheil barrachd 's a b'àill leam de m' luchd-edlàis innse: innse tha mo bhràithrean agus mòran de m' chaomh chàirdibh a' dol thairis air imrich fhada, mholadaich do dh' America mu Thuath; agus is bochd nach robh agamsa na bheireadh air falbh ni cuideachd.

Tharruing sinn a nànn gu'n ionnsuidh; oir tha mi 'g aideachadh gu-n robh toil agam na daoine blàth-chridheach so fhaicinn, a bha'n diugh a' dol a ghabhail an cead deireannaich a dh'Albainn, air tòir dùthcha far am faigheadh iad dachaidh bhunaiteach dhoibh féin agus d'an teaghlaich. Cha-n'eil e comasach a thoirt air aon duine nach robh 's an làthair, an sealladh a chunnaic mi'n so a thuigsinn. Cha tig an là a theid e as mo chuimhne. Bha iad an so eadar bheag agus mhòr, o'n naoidhean a bha seachduinn a dh'aois gus an t-seann duine liath a bha trì ficead bliadhna 's a deich. Bu déistinneach ri 'fhaicinn an trom mhulad,—an iarguin inntinn,—an imcheist, 's am briseadh-cridhe a bha air an deargadh gu domhain air aghaidh na cuid' bu mhò dhiubh, a bha 'n so cruinn o iomad eilein agus earrann de'n Ghàidh-ealtachd.

Bheachdaich mi gu li-àraid air aon duine dall, aosmhòr, a bha 'n a shuidhe air leth, 'us triùir no cheathrar de chloinn ghilleann mu'n cuairt da, a sheana ghàirdeanan thairis orra, iad a' feuchainn cò 'bu dlùithe a gheibheadh a stigh r'a uehd, a cheann erom os an ceann, 'fhalbh liath agus an euaileana dualach donn-san ag amaladh 'n a chéile, agus a dheòir gu tròm, frasach a' tuiteam thairis orra. Dlùth dha aig a chosaibh bha bean thlachdmhor 'n a suidhe ag osnaich gu trom ann an iomaguin bròin; agus thuig mi gu-ni b'e a fear-pòsda a bha 'spais-dearachd air ais agus air aghart le ceumi goirid agus le làmhan paisgte. Bha sealladh a shùl luineach neo-shuidhichte, agus 'agliaidh bhuaирte ag innseadh gu soilleir nach robh sìth 'n a inutinn. Tharruing mi dlùth do'n t-seann-duine, agus dh'fleòraich mi dheth ann an caoimhneas cainnt, an robh esan arn am feasgar a làithean a' dol a dh' flagail a dhùthleach? "Mise," deir esan, "a' dol thairis! cha-n'eil! Air imrich cha téid mise gus an tig an imrich a tha 'feitheamh oirnn air fad; agus an uair a thig, cò an sin a théid fo m' cheann do'n Chill?

a bheir sin fa'near gach dòigh air an robh esan a' strì ri maith a luchd-dùthcha chur air aghaidh, araon ann an nithean aimsireil agus spioradail, ré a chuairt fhada anns an t-saoghail so, agus a chuimhnicheas sinn gu'm

Dh'fhalbh sibh ! dh' fhalbh sibh ! dh'fhàgadh mise 'm aonar an diughi, gu dall aosda, gun bhràthair, gun mhac, gun chul-taice; agus an diugh, là mo dhunach, Dia 'thoirt maitheanais domh. Tha thusa, 'Mhàiri, mo nighean, m' aon duine cloinne, le m' oghachan geala, gaolach, a' dol gu m'fhàgail. Tillidh mis' an nochd do'n gheannan ud thall; ach cha-n aithnich mi an làmh a tha 'g am threòrachadh : cha tig sibhse, a leanaba mo ghràidh, a mach 'an coinneamh an t-seann-duine : cha chluinn mi tuille briagail 'ur beòil ri taobh na h-aimhne ; 's cha għlaodh mi tuille, ge nach bu léir dhomh 'n cunnart, Fuir'ibh air 'ur n-aïs o'n t-sruith : 'n uair a chluinneas mi tabhunn nan con, cha leum mo chridhe ni's faide, 's cha-n abair mi, Tha mo leanaban a' teachd. Cò a nis a stiuras mi gu fasgadh an tuim, 's a leughas dhomh an Leabhar Naomh ? C'ait, au ath-oidhche, 'n uair a theid a' ghrian fodha, am bi sibhse, a chlann mo rùin ; agus cò a thogas leamsa laoidh an anmoich ?" "O ! athair," ars' an nighean, 's i 'dlùthachadh ris, "na bristibh mo chridhe." "Am bheil thu 'n so, a Mhairi," a deir e ; "c'ait am bheil do lainh ? Thig ni's dlùithe dhomh,—m' fheudail thu de mhìnàibh an domhain, is sòlasach leam do ghuth. Tha thu 'dealachadh rium :—cha n'eil mi 'cur iomchoir' ort, 's cha mhò tha mi 'gearan. Falbh, tha mo làn chead agad, tha beannachd do Dhé agad. Bi thusa, mar bha do mhàthair romhad, dleasnach. Air mo shonsa, cha-n fhada bhitheas mi : chaill mi'n diugh mo gheugan àillidh, agus is faoin an oiteag a leagas mo cheann ; ach fhad 's is beò mi seasaidh Dia mi : bha e riamh leam anns gach cruidh-chàs, agus cha tréig e nis mi. Dall 's mar tha mi, tha o fein, buidheasach d'a ainm, a' toirt domh seallaidh air mo charaid a's fearr air a dheas-làimh, agus 'n a għnūis is léir dhomh caomhalachd agus gràs. Tha mi 's a' cheart àm so a' faotainn neirt gràis. Tha 'gheallanna 'teachd dhachaidh gu m' chridhe. Feudaidh meanglain eile fàilneachadh ; ach cha searg craobh na beatha.—Am bheil sibh air fad làmh rium ?" a deir e : "éisdibh ; tha sin a nis a' dealachadh : tha sibhse a' dol do dhùthaich fad' as, agus is math a dh' fhaoitde mu 'n ruig sibh, gu'm bi mis' ann an dùthaich àrd-ghrianaich, far am bheil dòchas agam gu-n coinnich sinn fathast a chéile, far nach bi imrich no dealachadh a chaoidh : cha bhì ; eir cha n'eil sannt no clòeras dir air ndàmhl. Bithidh sinn an sin gu siorruidh le 'chéile, agus gu siorruidh le Dia. Siabar gach deur o'u t-sùil, agus bithidh là a' bhròin thair'. Bithibh cuimhneach air Dia 'ur n-aithrìchean, 's na tuitibh o aon deagh chleachdad a dh' fhògluim sibh. Moch agus anmoch lùbaibh an glùn, mar b' àbhaist duinn, agus togaibh an laoidh. Agus sibhse, mo leanaban, a bha mar shùilean agus mar luirg dhomh ; sibhse a shaoil mi a chàireadh am fòd gorm tharam, an eiginn duinn dealachadh ?—Dia a chui deachadh leam !"

Cha b' urrainn dhonh fuireach ni b' fhaide : bha gheola 'bha gus an seann duine a 'thoirt gu tir a' tarruing suas ri cliathaich na luinge :

bheil esan a nis air a ghairm suas a chum “*Nis e 'shaothair,*” O nach ionadh neach feadh an t-saoghal f'hrsuing a leigeas ruith d'a smuaintibh muladach anns na briathran freagarrach sin, “M' athair, m' athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh.”

chaidh iadsan a bha 'feitheamh air a dh'innseadh dha gu-m feumadh e falbh. Theich mi uatha: cha robh e ann am chomas a bhi 'm fhianuis air an dealachadh bhochd.

Ann an deireadh na luinge, bha buidheann dhaoine a thuig mi 'bu luchd-dùthcha, air an earradh; agus mhotaich mi o'n cainnt, gu-m b' ann o aon de na h-eilcinibh tuathach a thàinig iad. Bha iad gu geur iomaguineach ag amharc a mach air son bàta beag a bha a' teachd a stigh an rugha fo shìùil's fo ràimh. Co luath's a ghabh i steach do'n chala, 's a riun i air son na luinge, ghlaodh iad amach, “S'e fén a th' ann,—piseach air a cheann.” Bha aon neach am measg nan daoine so a bha a réir coslais ni bu mheasaile na cùch. 'N uair a dh' aithnich e'm bàta beag so, chaidh e far an robh an sgiobair, agus mhotaich mi 'n sin gu-n do ghairmeadh orrasan a bha shuas anns na crannaibh, 's a mach air na slataibh-siùil, teachd a nuas; agus gu-n deachaidh stad air an uidheamachadh a bha 'dol air aghaidh chum an long a chur fa sgaoil. Dhlùthraig am bàta, dh' éirich seann duine àrd, uasal, dreachmhòr a bha 'n a deireadh, agus le ceum daingeann, làdir, ged a bha 'chicann co geall ris a chanach, dhùrich e suas, gun chuideachadh sam bith, ri taobh na luinge. Chuir an sgiobair failt' air le mor urram. Dh' amharc e mu-n cuairt da, agus gu grad mhotaich e 'bhuidheann ghaolach a bha 'n deireadh na luinge, agus ghabh e g'an ionnsuidh. “Dia bhi maille ruibh,” ars' esan, 'n uair dh' éirich gach aon diubh, le 'bhoineid 'n a làimh, a chur failt' air. Shuidh e 'nam measg; air an luirg a bha 'n a làimh, leig e car tamuill taic a chinn; agus mhotaich mi gu-n robh na dedòr mhòra a' sruthadh a nuas air an aon eudann a bu taitniche leam 'fhaicinn a chunnaic mi riamh. Tharruing gach aon diubh mu-n cuairt da, agus shuidh euid de'n chloinn aig a chosaibh. Bha ni-eiginn ann an coslas an duine bheannaichte so nach feudadh gun daoine a thàladh ris: bha de mhaitheas agus de chaomhalachd mu-n cuairt da 's gu-m feudadh an neach bu lag-chridhiche, misneach a bhi aige teachd 'n a làthair; agus, anns an àm cheudna, bha de smachd àrd 'n a shùil agus 'n a bhatais, na bheireadh air an spiorad bu dalma meatachadh 'n a fhianuis. “Thàinig sibhse, le'r cead,” ars' iadsan, “mar a gheall sibh: cha d' riun sibh dearmad riamh oirnn ann an là ar teinn. Tha sinn an nochd a' dol a ghabhail a' chuan fo'r ceann; 's mu'n éirich a' ghrian air na beanntaibh ud thall, bithidh sinne gu bràth as an sealladh. Is culaidh thruais sinn an diugh—là ar dunach!” “Na cluinneam,” ars' am ministear, “a' leithid so de chainnt. Bithibh misneachail; cha-n e so an t-àm dhuibh meatachadh; euiribh 'ur n-earbsa ann an Dia: oir cha-n ann gun flios dà-sau a tha sibh a' dol air an turas so. 'S ann 'n a flreasdal fén a tha gach ni 'teachd mu-n cuairt: ach 's ann a tha sibhse, a' labhairt mar gu-m biodh sibh a' fàgail rìoghachd an Uile-chumhachdaich, agus a' dol far nach ruig-

3. Ach a chum ar caraid nach maireann fhaicinn ann an suidheachadh ceart, mar neach ionmholta agus iongħrāidh, feumar amharc air ann an sealladh eile : oir ged a bhiodh esan 'na làn sgoileir Gàilig, agus fior chàirdeil r'a iuchd-dùthcha mar Ghàidheal, 'gidheadh

cadh a chaciñħneas athaireil oirbh. Mo thruaighe ! an e so 'ur creidimh ?"—“Tha sin fior,” thubhairt iad ; “ach an fhairge, an cuan mdr, farsuing !”—“An fhairge,” fhreagair e ; “carson a cluivreadh sin sibh fo dhlobhail misnich ;—nach 'eil Dia ri fhaotainn air a' chuan eo math 's air tir-mdr ? Fo stièradh a ghliocais, fo dhlon a chumhachd, nach 'eil sibh cho tèaruut' air a' chuan 's a bha sibh riamh ann an gleann tlorail ? Nach 'eil an Dia a chruthaich an cuan a' dol a mach air a thonnaibh uaibhreach ? cha-n éirich a h-aon diubh roimħibl gun fħios da : 's e fein a chaisgeas onfhadh na fairge : tha e mach air a' chuan ann an carbad na gaoithe, cho ciinnteach 'sa tha e ann an nèamħ shuas. ‘O ! sibħse air bheag creidimh, c'ar son a tha sibh fo eagħal ?”

“Tha sinn a' fägħail ar dutħcha,” fhreagair iad. “Tha gun teagħiġ,” ars' esan ; “tha sibh a' fägħail an eilein 's an d' fhuair sibh 'ur togħiġ 's 'ur n-ārach ; gu ciinnteach tha sibh a' dol air imriċi fħada ; cha ruigear leas a chleith gu bheil ioma' cruadal a' feitħeaml oirbh ; ach cha d' thāinig so oirbh gun fħios duibh. A' fägħail 'ur dūtħcha, an dubħairt sibh ; am bheil ceangal seasmħach aig mac an duine ri aon dūthaich seach dūthaich eile ? Cha-n 'eil dūthaich bhunaiteach agiun air thalamh ; cha-n 'eil sinn air fad ach 'n ar n-eilħiirich ; cha-n auna an t-saogħal chaoċblaideach so a tha e air a cheadachadh dħuini u Dia an dacha idh sin irraidoz as nach bi inriċi.”

“Gun amharus,” fhreagair iad, “tha sin fior ; ach tha sinn a' falbh mar chaoraich bloċċda gun bluachaille, gun a h-aon ris an euir sinn ar comħairie ; 's a' dol fada, fad' air falbh. O ! nam biodh sibħse” —“Bithib 'nur tosd,” deir esan : “na cluinneam a' leithid so de chainnt. Am bheil sibh a' dol ni's faide o Dħia, na bha sibh riamh ? nach e'n Dia ceudna 'dh' fhosgħi rosgan do shu an diuġħ 's a dhūisg thu ā suain na h-oidhche, a tha 'g oibreachadh taobh thall an t-saogħail ? Cò 'sheas le Abraham 'n uair a dh' flieg e 'thiġi 's a dhaoine ? Cò a thaisbein e fein do Iacob, 'n uair a dh' flieg e tigh 'athar, 's a chaidil e muigħiż air an raon ? Mo nàire ! a dhaoine ; c'ait am bheil 'ur creidimh ? An dubħairt sibl, gu-n robh sibh mar chaoraich bloċċda gun bluachaille ? Am bheil aon leanabh beag làmħ riuum an so, nach aithris na briathran sin,

“ 'S e Dia fein is buachaille dhomh,
Chia bhi mi ann an dīth ? ”

Nach esan, Ard Bluachaille a chuid caorach féin, a thubhairt, ‘Na biodh eagħi ort, a threud bhig, bi fo dheadd mħisnich, oir 's mise do Dħia.’ Cha-n 'eil, gu dearbli,” deir esan, “tigħeana-aoraidh far am bheil sibh a' dol ; agus is dōċha nach 'eil ministerean ann : ach cuimħniċċibl là an Tigħearna. Cruinniċċibl fo sgħajjek na erċige, no fo dhubħar nan craobh ; agus togaibh le 'chelje laqidhean Shioiu, a’

cha bu ledir so gu còir a thoirt dhasan air an àrd-mheas agus air a' chliù a bh' aige ri linn a bheatha, agus a bhi air a chuimhneachadh le éigh a' mhulaid an déigh a bhàis o gách cèarn sam bheil Gàidheil a' tuineachadh. Feumar amharc air uime sin, cha'n e mhàin mar

cuimhneachadh nach 'eil làthaireachd Dhé fuaighte ri àite seach àite: gu bheil e ri 'fhaotainn anns gach àite ledsan a dh'iaras e gu tréibh-dhireach ann an ainm Chriosd,—air mullach na beinno is àird, aig bonn a'ghlinne is Isle, no ann am meadhon a' bháile-mhòir, no 's an teampull is dreachmhoire a thogadh riamh dha le làmhian. Tha gach aon agaibh comasach air focal Dhé a leughadh; mur bitheadh, bu trom mo chridhe da rìreadh, 's bu bhrònach an dealachadh. 'Tha fios agam gu bheil Biobuill 'n ur cuideachd; ach gabhaibh uamsa an diugh Biobuill ùra, air an ùr chlò-bhualadh, ann an tomad beag, soirbh r'an giulan; agus cha shuarache leibh iad gu bheil 'ur n-ainmean sgrìobhta orra leis an làimh sin a bhaist an carraun a's mó dhibh, a thogadh iomad uair ann an asluchadh as 'ur leth gu nèamh; agus a thogar fathast ann an deadh dhòchas 'an ainm Chriosd air 'ur son, gus an tig marbhantachd a' bhàis thairis oirre. Agus sibhse, mo leanaba beaga, am badan lurach de'm' chuid uan, a tha nis ga m' fhàgail, thug mi d'ur n-ionusuidhse cuimhneachan beag air mo mhòr-ghràdh dhuibh: Dia g'ur beannachadh."

"O!" ars' iadsan, "cìa taingeil a tha sinne gu-m faca sinn sibh aon uair eile, agus gu-n euala siunn fathast 'ur guth." Bha muinnitir na luinge gu léir a' tarruing 'ni bu dlùithe air an àite 's an robh e 'n a sheasamh; ma b' iad na seòladairean fèin, ge nach do thuig enid diubh a chàint, thuig iad gu-m bu ghnothach anama a bha 'dol air 'aghaidh. Bha uiread de dhùrrachd, de bhlàthas, 's de chaoimhneas 'n a choslas agus 'na chainnt, 's gu-n do sheas iad gu ciùin, sàmhach; agus chunn-aic mi iomad aon diubh a' cleith nan deur a bha 'tuiteam a nuas air na gruaidhean as an d' thug iomad latha garbh o chionn fada an leana-bas.

Thug an duine beannaichte a chòmhlichd-cinn deth, agus sheas e suas; thuig gach aon na bha 'n a bheachd. Thuit cuiid diubh air an glùinibh, us dh'amhaire gach aon air an lár, 'n uair a thubhairt e, le guth glan, fallain, "Iarramaid beannachd Dhé; deanamaid ùrnigh." O! bu chruaidh an eridhe nach leaghadh, agus cha chùis-fharmaid an spiorad sin nach gabhadh suim, fhad's a bha 'n ùrnigh dhùrrachdach theas-chridheach 'g a cur suas leis an duine mhàith so, a bha a nis e fèin air 'àrdachadh os cionn an t-saoghail so. Is iomad dùile bhochd lag-chridheach a fhuair misneach: thuit a bhriathra mar dhùrrachd an fheasgair, 'us fhuair na meaaglain laga, fhann, fionnachd agus sòlas. Bu trom acain an cléibh, 'n uair a bha iad air an glùinibh, 's na h-osnaichean a dh'fheuch iad ri chumail fodha; ach 'n uair a dh' éirich iad, air leam gu-n robh misneach ùr ri 'fhaicinn 'n an sùilibh troimh cheòd nan deur goirt a bha iad a nis a' tiormaciadh air falbh. Dh'fhosgail e leabhar nan Salm, us thogadh an t-aon naomh cheòd a bu tûirsache, 'sa bu deuchainniche air gach dòigh, gidheadh a bu shòlasaiche, a chuala mi riamh.

làn sgoileir agus mar fhior Ghàidheal, ach mar an ceudna mar mhiniestar Crioduidh, 'na mheadhon "a thoirt solus dhoibhsan a ta 'n an suidhe ann an sgàil a' bhàis, a threòrachadh an cos air slighe na sìthe." Anns gach gniomh math a rinn esan riamh mata b'e gràdh Chriosd a bha 'ga chomh-éigneachadh, agus b'i glòir Chriosd a bh'aige san amhaire, 's air a shon so leanaидh dol fodha a ghréine-san gu siorruidh dealrach, amhuil a mhaireas eadar-sholus an anamoich an déigh dol fodha na gréine troi'n oidhche ghoiid shamhraidh ann an tìr nam beann. Agus ged nach 'eil e comasach ceartas a thoirt dhasan mar shearmonaiche ann an oidheirp cho beag, gidheadh cha tugamaid ceartas dhuibhse na'n crioclinachamaid ar sgeul gun fhocal no dhà a ràdh uime anns an t-seadh so. Mar shearmonaiche mata bha e cumhachdach 'na dhòigh theagaisg, an dà chuid 'am Beurla 's an Gàilig. 'Na làn mhaighstir air na cànainean, le meomhair làidir, le inntinn bheothail agus bhàrdail, le eòlas nàduir leis an robh e 'tarruing shamh-laidhean o gach càern do'n domhan, agus gu sònruichte le cuibhrionn a Mhaighstir, 's le ungadh an Spioraid, bha e mar so comasach air an fhocal a chur an céill le cumhachd agus neart nach b' urrainn gun drùghadh air a luchd-éisdeachd. B' ann uaithe so a bha e 'tachairt gu'n robh cuid d'a luchd-éisdeachd, mar a thubhaint

Ràinig an fhuaim thiamhaidh gach long agus gach soitheach sa' chala. Cha robh ràmh a mach nach robh air a phasgadh: cha chluinnt fead no farum; ach an aon t-sàmchair bheannaichte, mar a sheinn iad an dara Salm thar an dà fhichead, aig a cheathramh ran:—

" Tha m' anam air a dhòrtadh mach,
Trà chiuimhicheam gach ni;
Oir chaidh mi leis a' chuideachd mhòir,
Dol leò gu teampull Dhé.

Seadh, chaith mi leò le gàirdeachas,
'Us moladh fòs le 'chéil':
'S ann leis a' chuideachd sin a 'bha
A' coimhead làithe féill'.

O m' anam ! c'uim a leagadh thu
Le diobhail misnich sìos ?
'Us c'uim am bheil thu'n taobl stigh dhioin
Fo thrioblaid 'us fo sgios ?

Cuir dòchas daingean ann an Dia,
Oir fathast molam e;
Air son na furtachd 'us na slàint'
'Thig dhomh o 'eudan rëidh."

sinn cheana, o mhleasg uaislean a' bhaile agus o'n àrd-luchd-teagaisg anns a' Cholaisde. Tha iadsan mata a' toirt fianuis gu'n robh a ghibhtean labhairt anns a' Bheurla comhariaichte. Ach is ni e a dh'aidicheas gach neach a tha comasach air breth a thoirt sa' chùis gu'm b' ann sa' Ghàilig a bha 'chumhachd re-chomh-arraichte—gu'm b' ann innte bha e comasach air éiridh suas mar am fir-eun os cionn gach eun san ealt—gu'm b' ann innte-se a bha e comasach, air an-dara làimh, am peacach a dhùsgadh as a mharbh-chadal le eagal stoirm feirg Iehòbhah, a leigeil ris da gu'n robh an fheirg so mar stoirm an tairneanaich 'san dealanaich chaoil ghobh-laich, a' sgoltadh a shlighe feadh nan speuran, a' bagairt am peacach a mhilleadh; agus gu'm b' ann innte-se, air an làimh eile, a bha e 'na chomas sonas a's maise na diadhachd a nochdadhl fo shamhladh gach ni a bha maiseach, àillidh, agus cùbhraidih ann an gàradh an aoibhneis, no fo fhuaim a' chiùil blinn a' snàmh air oiteig an fheasgair á lùchaint an t-subhachais. Bha buaidh chomharrachte aige-san mar so, agus gu sònruichte sa' Ghàilig, a chum feachdaibh a' chruinne-clé gu léir a thionndadh gu labhairt glòire Iehòbhah. Bha nèamh agus talamh, àird' agus doimhne a' seinn laoidh bhinn do'n Chruithfhear agus a' teagasg gliocais—o'n mheall sholuis ghìormhor sin a tha gun sgìos o là gu là a' soillseachadh an t-saoghail so, gu ruig an smùrnnein aotrom sin a tha 'snàmh 'na gathaibh finealta.

Ach na smaointichibh a thaobh an dòigh shnasmhor agus thaitneach a bha aige-san gus an fhirinn a chur an céill gu'n robh e dhiubh-san a bheireadh cobhar seachad an àite baine, no duilleach a mhàin an àite toraidh: oir ged a bha 'n t-éideadh rìomhach cha robh so a' folach an nì san robh bladh—ged a bha an ite grinn air an t-saighid, cha robh so ach 'ga stiùradh ni bu diriche 's ni bu chuimsiche a dh'ionnsuidh a' chuspair—ged a bha an claidheamh liomhaidl agus loinneach, bha e mar an ceudna eudthromach gu bualadh agus geur gu sgathadh, "mar chlaidheamh dà fhaobhair, a' ruigheachd eadhon a chum cedar-sgaraidh an anama agus an spioraid, agus nan alt agus nan smear, agus a' toirt breth air smuaintibh agus rùnaibh a' chridhe." B'e Criosd a mhàin, agus esan air a cheusadh suim a'

theagaisg-san—seadh, Criod air a cheusadh—cha 'n e Criod mar fhear-teagaisg modhalachd a mhàin, mar a tha mòran 'ga chumail a mach—cha 'n e Criod mar fhear-stiùraidh agus mar dheadh eisimpleir a mhàin—cha 'n e Criod a' fulang àmhaghair mar eisimpleir d'a luchd-leanmuinn; ach Criod a' fulang mar làn dioladh do cheartas Dé, agus mar iobairt-réitich air son a shluagh; agus mar so air a mheas mar làn huach air son gach ni a tha ceartas Dé ag agairt. So an seadh cudthromach anns an robh esan a' cumail a mach obair mhòr an Fhir-shaoraidh, agus anns an aontaich-eadh e le Pòl, "ach nar leigeadh Dia gu'n deanainnsa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearn Iosa Criod." Agus cha tug esan seachad an fhirinn chud-thromach so mar theagaisg dorcha air am faodadh daoine amharc le h-ioghnadh agus gun tuilleadh gnoth-aich a bhi aca ris, "ah mar ni air am feum am peacach greim a dheanamh—mar ni ris am bheil a shlàinte shiorruidh 'an earbsa. Uime sin chuir e 'n céill *creidimh* mar am *meadhon* trìd am faigheadh am peacach buannachd shlàinteil o'n iobairt mhòir sin. Agus mar dhearbhadh air an creidimh ann an iobairt Uain Dé, nocht e gu'm feumadh an toradh a bhi air fhaicinn ann an caithe-beatha a' pheacaich; agus mar biodh an toradh so follaiseach an sin gu'n robh an creidimh marbh, amhuil a tha 'n corp marbh as eugmhais an spioraid. Na firinnean so chuir ésan an céill le dùrachd agus dìlseachd, le saothair agus gràdh a bha leigeadh ris gu'n robh e féin 'g an tuigsinn, 'g an creid-sinn agus 'g am mothachainn—gu'n robh e 'na theachdaire air son Chriosd—a' guidhe as uchd Chriosd, "bithibh réidh ri Dia."

Ach ged a tha sinn mar so, mo chàirdean, a' dean-amh comh-chumha air son ar caraid nach maireann, gidheadh cha 'n 'eil sinn a' caoidh mar iad-san aig nach 'eil dòchas. Cha'n 'eil sinn a' caoidh air son òg laoich a bha 'n déigh e féin ull'achadh a chum a' chath, agus mar so a' toirt gealltanais gu'm biodh e comharrachte agus feumail 'na latha; ni mò tha sinn a' caoidh air son neach a ràinig meadhon oibre agus a threubhantais, agus a thug dhuinn mar so earlais air gnìomharan niòra, na'm biodh a shaoghal ni b' fhaide: ach 's ann a tha

sinn a' caoidh air son neachl a lion a mach tomhas a làithean—a chaomhnadh ann am fion-lios an Tigh-earna gus an do leum e a' chrioch a tha'n Salmadair a' cur roi' bheatha mhic an duine, agus an sin a tha air a' ghairm a stigh, mar sguai'b làn abuich, do thigh-tasgaidh a' Mhaighstir. Bhuilicheadh air-san mòran thàlantan agus saoghal fada—rinn e buil mhaith dhiubh,—"choimhlion e a mhinistrealachd," agus ghairmeadh e chum glòire. Tre ghràis Chriosd dh'fhaodadh esan a ràdh, "Chriochnaich mi mo chath's mo réis."

'S ann is còidh d'ar caoidh, uime sin, a bhi air a tionndadh gu gàirdeachas spioradail, agus gu laoidh bhuidheachais do Dhia nam fàidhean naomha a bhuilich air 'Eaglais meadhon cho comharrachte, a chaomhain e cho fada, agus a thug fa'near gu'n d' fhàg e 'n a dhéigh dileab is luachmhoire na òr nan Innsean. Tha'n dileab luachmhor so againn 'na leabhraichean, 'na shear-moinean, agus 'an eisimpleir a chaithe-beatha. Annta so uile, a tha lionmhor agus luachmhor, faodar a ràdh gu cinnteach, "Air dha bhi marbh, tha e fathasd a' labhairt." O ! thugamaid an aire mata ciod a tha e 'g ràdh : oir ged nach 'eil sinn a' cumail a mach gu'm bheil spioradan dhaoin' ionraic air nèamh a' gleidheadh comhluadair riùsan air thalamh, agus ged nach 'eil sinn a' tarruing coimeas saobh-chreidmheach air bith eadar esan agus Criosc, gidheadh faodar a sparradh oirbh gu dùrachdach ann an seadh làidir, "nach téid sibh as ma thionndaidheas sibh uaithe-san a tha 'labhairt o nèaml." Tha a theagasc soilleir agus eug-samhuil, tha 'earailean slànteil agus drùigheach, agus tha eisimpleir a chaithe-beatha airidh a leantuinn. O ! deanamaid feum dhiubh so, uime sin, a chum's gu'm bi sinn 'n ar luchd-leanmuinn air-san amhuil mar a bha esan air Criosc. Tha iad so a' labhairt gu làidir ma bheir sibh éisdeachd dhoibh. Agus ciod e'n t-àm is mò a tha iad a' sparradh ar dleasanais oirnn na aig a' cheart àm so, am feadh a tha'n t-earrach le 'ghuth ciùin, tlàth, a' teachd a stigh, agus am feadh a tha am brat geal a bha 'còmhdaidh na talmhainn gus a nis, agus an eigh leacach a rinn dhuit drochaid thar nan aimhnichean,—am feadh'sa tha iad so a' ruith sìos chum a' chuain mhòir, 'sa tha gach lus, a's blàth a' gealltuinn, fo chumhachd

teas na gréine, fàilt' a chur oirnn aon uair eile. Nach anns an àm so gu sònruichte, th'air leat, a chluinneas tu guth an fhìr-rabhaidh sin a bheireadh focal 'na thràth, ag earaileachadh ort gu dùrachdach thu ghabhail cothroim air grian na fireantachd a chum do chridhe bhi air a leaghadh sìos ann an téas ghràdh do d' Chruithfhear? Nach ann a nis, th'air leat, a chluinneas tu an guth sin a' sparradh ort cho feumail 'sa tha e bhi 'nochdadhl ann an Carrach do bheatha-sa blàth, a's duilleach, mar chomharra gu'm bheil thu bed; air neo gu'm bi thu air do ghearradh sìos agus air do losgadh mar chrònach, le tuadh a' ghàradair a tha 'faotainn an òrduigh, "Gearr sios e, c'arson a tha e 'fàs-achadh na talmhainn?" Nach e nis an t-àm,—seadh, an t-aon àm, 'n uair a dh'fhalbh am fuachd 's nach d' thàinig an teas, anns an leig thu ris do dhìchioll anns a' choille-shìucair, le bhi 'tional an toraidh thaitnich sin? Agus am meadhon na h-oibre fheumail so nach 'eil guth sòluimte ag ràdh riut gu bheil àm sònruichte ann air son toradh na beatha thoirt a mach; agus ma leigear an t-àm prìseil so seachad, amhuil mar an obair aimsireil a tha nis mu d' làmhaibh, cha bhi ath-dheanamh air a' chùis. O! seall mu'n cuairt ort, agus thugadhl gach gnìomhachas agus àilleachd a chi thu san earrach, a'd' chuimhne an dòigh air an coir dhuitse bhi gnìomhach ann an obair an Tighearna, agus an toradh taitneach is dlighe dhuit a thoirt a mach.

Agus a nis, mo chàirdean gràdhach, tha aon ni sòl-unimte eile a tha am freasdal so a' cur an cèill gu soil-eir do gach aon againn, 'sc sin gu'm feum sinn deal-achadh ris gach caraid is fearr san t-saoghal so. Fàg-aidh iad uile sinn. An caraid is dìlse, am brathair is dlùithe, am fear-cuideachaiddh is toirbheartaiche, an eriosduidh is naomha, am ministear is saothraiche, an diadhair is doimhne, an sgoileir is fòghluimte, an sonas is àirde,—seadh, gach ni is taitniche agus is toilintinn-iche anns a' chruinne mhòr so feumaidh iad a bhi air an sgaradh uainn. O! nach 'eil am freasdal comharaichte so 'na rabhadh as ùr dhuinne gu cuimhneachadh air ar crìch dheircannaich. Nach 'eil éigh a' bhàis so a chuala sinn aig deireadh na bliadhna 'chaidh

seachad ag ràdh ri cuid againne a tha 'n taobh a stigh do'n bhliadhna 1863, "Am bliadhna gheibh thu bàs." Nach fhaod so tachairt,—seadh, nach 'eil e cinnteach gu'n tachair e 'thaobh *cuid* againn inu'n tig crìoch air a' bhliadhna so? Mo charaid mi-chùramach dùisg mata agus gabh an rabhadh; oir ged nach fhae thu air an earrach so fhathasd "seilcheag air lic luim," ag ràdh ris gach amadan, "cha téid a' bhliadhna so leam," tha leac-lighe an fhàidh so a chaidh as an t-seálladh a' cur an céill ni's cinniche agus ni's drùightiche, "am bliadhna gheibh thu bàs." Agus ged nach cluinnear cuathag ghorm an tùchain 'n ar doireachan, le a guth tiamhaidh a' cur an céill do gach amadan fortan no mi-fhortan na bhiadhna so, gidheadh tha an guth tiamhaidh so o ghleanntan ar n-aithrichean a' cur an céill le cinnteachd an fhreasdal agus le briathran an fhàidh, "am bliadhna gheibh thu bàs." "O! gu'm biodh iad glic, gu'n tuigeadh iad so, gu'n tugadh iad fa'near an crìoch dheireichannach."

Tha ar tèaruinnteachd agus ar fior shonas, mo chàird-ean, a' comh-sheasamh ann a bhi 'deanamh feum glic do'n fhreasdal so, agus a bhi 'deanamh buil mhath do'n dileab luachmhor a dh'fhàg "Caraid a' Ghàidheil" againn. Bitheamaid mata 'g ar brosnachadh féin gu bhi eudmhor agus saoithreachail ann an seirbhis an Tighearna. Bitheamaid a' leantuin ceum nan naomh le rùn suidhichte 's le beò chreidimh; agus an sin, an uair a bhios ar saothair thairis, an uair a thig crìoch air ar làithean, an uair a thriallas sinn trìd ghlinn dorcha sgàil a' bhàis, fo choimhlideachd an Ard Bhuachaile, an uair a dh'imicheas sinn troi' stuadhan buair-easach Iorlain, fo'n aon tèarmunn agus tèaruinnteachd ri Eliah, agus a thogas sinn an sin ar sùilean gu saoghal nan spiorad, a chum dearcadh air a' mhòr shluagh do-àireamh sin a tha 'cuartachadh na righ-chathrach: "as gach uile thréibh, agus theangaidh, agus shluagh, agus chinneach," chi sinn an sin "Caraid a' Ghàidheil," agus le eridhe làn taingealachd dhasan a bha 'na mheadhon a chum ar stiùradh do'n ionad ghlòrmhor sin, togaidh sinn ar guth le aoibhneas do-labhairt anns an fhàilte shiorruidh, "M' athair, m' athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh."

[Bho Shearmoin an Olla Mhathannaich á *Montreal*, a thug e seachad ann an Eaglais Chalum-Cille 'an Glascho, goirid an déigh bàs an Olla Leòdaich.]

“A chàirdean, chum mi fada sibh, ach cha'n 'eil teágamh agam nach giùlain sibh leam car ùine bheag a' strìochdadadh do fhaireachduinean gràidh agus taing-eaichd. Bidh mi 'tionndadh 'ur n-aire car tiota gu bàs mo charaid, ministear nach maireann a' cho-thionail so; neach a ghràdhaich gu caomh sibh, agus d'an tug sibhse gràdh agus urram mar 'ur n-athair ann an Criod. Bhiodh e neo-iomchuidh do rian an ionaid so labhairt mu gach ni ann an cliù caithe-beatha an duine mhòir agus mhaith so, a shaothraich le dealas agus le h-eud gun sgìos a chum 'ur leas spioradail a chur air aghaidh,—neach a rùnaich an Tighearna 'na fhreasdal a ghairm air falbh uaibh. Tha mise tur neo-chomasach air labhairt ruibh aig an àm so mu chaochladh nithean ann an cliù 's an caithe-beatha an fhir nach maireann a bhiodh a chum riarachadh agus fògh-lum dhuibhse; ach cha'n 'eil teagamh nach robh so air a dhéanamh leis an urramach an t-Olla Mac-Phàrlain, a shearmonaich dhuibh san ionad so roi' mheadhon-là, agus 'si m' ùrnuigh gu'm fras an Tighearn a nuas orrasan mar an ceudna driùchd a ghràis, a chum mar shiòl air a chur ann am deadh thalamh gu'n toir e mach toradh a chum a ghàidhle fein. Tha mi far comhair mar neach a tha gu firinneach a' caoidh leibh agus leis an teaghlaich bhrònach a tha 'fulang call aoin a bha gu dligheach cho ion-ghràdhach leibh uile, anns an robh seirc agus gnèithealachd a thaisbean e air ioma dòigh ann an coi-lionadh a dhreuchd mar 'ur n-aodhair. Tha mi air mo ghluasad aig an àm so gu bhi 'cur an cèill mo thaingealachd air son gach misneach a thug e dhomh agus comhairle ghlic a thug e orm ann an làithean m' dige, a thaobh m'aidmheil agus mo ghairme—comhairlean agus brosnachaidhèan cho blàth agus cho eudmhòr ann an aobhar an Tighearna 'sa b' urrainn eadhon esan a thoirt domh. A thuilleadh air na

dh' ainmich mi tha mi mar an ceudna ann 'ur fianuis as leth àireamh mhòr d'ur luchd-dùthcha ann an Canada, gu bhi 'g innseadh an 'àrd mheas air, agus an aideachadh air 'eud 's air a shaothair gun fhannachadh, agus gu bheil iad 'an tomhas mòr fo fhiachaibh dha air son focal Dé bhi air a shearmonachadh dhoibh 'n an cànan aosmhòr féin àgus a réir nòis an athraichean; agus mar so am mòr mheas air-san a chur an céill le am beannachd fhàgail air 'uaigh, ag éigheach ann am briathran an fhàidh, "M'athair, m'athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh."

Aig na h-àmannan sin 's am faodadh e beagan athais a mhealtuinn bha 'choluadar da-rìreadh taitneach agus buanachdail do gach aon a bhiodh 'na chòir, agus b'e 'thlachd a ghnàth an leas 'san soirbheachadh-san a chur air aghaidh; air chor 's nach robh aon a fhuair riamh eòlas air nach d' altrom mòr urram agus bàigh dha. Choisinn e mòr mheas agus taing gach buill do dh'Eaglais na h-Alba air son mar a bha e 'saoithreachadh a chum an Eaglais sin a dhion 's a mheudachadh, agus cha 'n ioghnadh ioir, anns an t-suidheachadh bhrònach sa' bheil sinn, ged a dh' éigheas sinn ann an cainnt bhristidh-chridh an fhàidh, "M'athair, m'athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh."

Mo chàirdean, tha nithean eile a tha 'g agairst tuilleadh d'ur comh-fhulangas-sa a thaobh a' chall so na tha nà nithean a dh'ainmich mi. Mar a luchd-dùthcha agus mar a cho-thional, a bha cho fad' a' sealbh-eachadh sochairean a mhinistrealachd san t-soisgeul, tha iad so an dà chuid 'n an aobhar taingealachd agus doilghios—nan aobhar taingealachd air son an ùine fhada a chaomhain Dia a sheirbhiseach 'n 'ur mèasg a chum aran na beatha blristeadh dhuibh agus faire thairis air 'ur n'anamaibh—doilgheas mòr mu'n àm a chaidh seachad, gu'n tainig crioch air beatha bha cho feumail, agus leatha gu'n do chaill sibh mòran d'ur buannachd spioradail, gidheadh cuimhne thaitneach mu'n charantachd 's mu'n chaidreamh gràidh a sealbh-aich sibh 'n a chuideachd-san. Cha mhòr a fhuair am fàbhar a fhuair sibhse; oir b'e rùn suidhichte 'ur ministreir ullachadh a dheanamh air son a luchd-dùthcha araon a thaobh nithean aimsireil agus spioradail, gun

bhi uair air bith a' caomhnadh a shaoithreach mar sheirbhiseach an Dé bheò. Chomh-éignich seann aois agus laige e gu tarruing air ais o cheann tamuill o a dhleasnais fhollaiseach mar mhinistear. Ré tuilleadh is leth-cheud bliadhma shearmonaich e do chomh-thionail mhòra, a bha uile ro mhiaghail uime, a' coilionadh a dhleasnais sgìreachd le dìlseachd agus le dealas a tha ro ainmic r'am faicinn. Ann an tighean nam bochd gheibht' e 'na chomhairliche glic agus 'na charaid caomh. Aig leapichean nan euslan bha e 'na chomh-flurtair seirceil, truacanta, agus gheibheadh an t-ànrach gun dachaидh, gun chàirdean, còmhnnadh agus misneach uaithe. 'N uair a bheireadh e achmhasan do'n bhaoghalta cha dealaicheadh e ris gus an nochadh e dha gu'n robh sìth agus tròcair ann an Iosa Criod do cheann-feadhna nam peacach nam b'e 's gu'n strìochdad 'se e féin da. Aig uaislean cho math ri islean bha 'bheatha air a deanamh le furan agus aoibh-ealachd, agus am feadh a rachadh e gu saor a reusana-chadh mu phuingean coitchionn an là cha do leig e riamh air dì-chuimh' inbhe a dhreuchd, ni mò dh'fhuiling e do mhuinnitir eile 'dhì-chuimhneachadh na bha dleas do'n Mhaighstir a bha e 'seirbhiseachadh.

Bha edlas-san air na prionn sapalan air am bheil an eaglais air a stéidheachadh, agus na laghannan leis an còir d'a gnothaichean a bhi air an riaghladh 'g a dheanamh comasach air àite inbheach a lionadh 'na comhair-lean, agus bha 'ghliocas, maille r'a bheachdan soilleir, gu tric feumail an uair a bhiodh puingean deacair fa'n comhair. An uair a bha e air a thaghadh mar Cheann-suidhe an Ard-sheanaidh, choilion e 'dhreuchd le cliù dha féin agus le buannachd do'n Eaglais.

Ach ma chomharraighe seasmhachd do-lùbadh rian a chaithe-beatha follaiseach, b' ann gu dìomhair an caidreamh a chàirdean 'sa theaghlaich a bu mhò a chunnacas ciataiche agus caomhalachd àraidih, eadhon ann am mionaidean mu dheireadh a' bheatha. Ach buntuinn ri cùisean dìomhair teaghlaich cha'n fhaod sinn, no smal a chur air an àilleachd chiùin agus shiochail ; oir mu'n gabhadh iad innseadh gu ceart dh'fheumte am faicinn agus am faireachd tuinn. Gu ma h-e is roghnaiche leinne gu'n tionndadh iad ris an Uile-chumh-

achdach a mhàin is urrainn le a lathàireachd àn neart-achadh 'am meadhon an dubhachais 's am bròin, agus le 'ghràs 's le 'gheallanna a dh'ullaicheas iad ann an àmhuinn an àmhaghair a chum ath-aonadh beann-achte riùsan a chaidh air thoiseach orra chum beatha shiorruidh tré Iosa Criod, is urrainn a mhàin an dor-chadas a shoillseachadh.

Chaidh ar caraid nach maireann a sìos do'n uaigh, !àn do bhliadhnaagan agus do dh'urram, a' fàgail toraidhean beatha ghnìomhach agus thoirbheartach 'na dhéigh, a chum aiteas agus subhachas a chur ann an ioma teach. Ni Eaglais na h-Alba caoidh air son gu'n do thuit maighstir mòr ann an Israel, agus a bhràithrean sa' mhiniestrealachd air son gu'n do chailli iad bràthair a bha cho dìleas, treun, agus a choimhearsnaich (sluagh a' bhaile mhòir so) air son duin'-uasal cathranach, mis-neachail, a bha 'ghnàth ullamh gu tagradh an còrach. Agus a nis, air do fhear-faire Israel a bhi maille r'a Dhia, tha ioma eridhe brònach anns a' chomh-thional so a ni caoidh air a shon ann am briathran tòrsach an fhàidhe, "M'athair, m'athair, carbad Israel agus a mharc-shluagh."

An uair a tha duine naomh agus math, ann am freasdal Dé, air atharrachadh as an t-saoghal so, is eal-amh leò-san a fhuair misneach a's buannachd bho a shaothair a bharaileachadh gu bheil an dosgainn do-leasachadh, a saoilsinn mar gu'm b' ann gu'n do thréig an Tighearn an talamh—gu'm bheil an neart 's an dil-seachd a chleachd am fear nach maireann a' dòn 's a' cur an céill an t-soisgeil, gu buileach air falbh leis féin. Ach cuimhnichibh, mo chàirdean, am feadh 's a tha e dleas dhuibh 'ur taingealachd a chur an céill do Dhia air son gu'n do chaomhain e dhuibh 'ur n-aodhair gu seann aois, gur h-urrainn esan a bheannaich sibh roimhe so 'ur beannachadh agus soirbheachadh a thoirt duibh fathast. Agus mar a thuit falluing an fhàidh a nuas air an talamh 'na shamhladh air làthaireachd Dhé do'n Eaglais, mar sin cha'n 'eil sibhse air 'ur fàgail gun ioma dearbhadh air maitheas Dé. Ged a tha am buille so gun teagamh trom, gidheadh bhuin Dia ruibh gu tròcaireach agus gu sèimh. Uigh air n-uigh bha pearsa tlachdmhor agus fhathail 'ur n-aodhair

air a toirt as 'ur sealladh, agus mar a bha fuaim a ghutha-san a bha cho binn leibh fathasd a' seirm ann 'ur cluasaibh, thàinig guth aoin eile a bha air 'àrach 's air uidheamachadh fo chùram 's fo oideas an fhir nach maireann oirbh 'na àite, a' cur an céill gràdh agus fulangas Iosa Criosd, agus sonas siorruidh tre chreidimh ann an éifeachd fhola-san. Ged a bha sibh mothachail gu'n robh an Tighearna ri 'ur maighstir a thoirt uaibh 'an ùine ghearr, cosmhail ri macaibh nam fàidhean bha e air a cheadachadh dhuibh beachdachadh air a cheumannan athaiseach agus fann a' tèrnadh ghlinn dorcha sgàil a' bhàis—seadh, *sgail*, oir thug Criosd a' bhuaidh o'n bhàs air chor 's nach 'eil ann a nis ach sgàil, agus nach 'eil uamhas air bith ann dhoibh-san aig am bheil an dòchas air nèamh—cha'n 'eil cumhachd air bith aig a' bhàs thairis orrasan a tha 'leantuinn an Ard-shagairt a tha 'giùlan àirc a' chùmhaint agus cathair na tròcair air a crathadh le fuil na h-iobairt-réitich gu Iordan a' bhàis.

Nach dorcha gu minic ceumannan an fhreasdale dhuinne nach urrainn sligheannan an Uile-chumhachd-aich a lorgachadh. Thig dhuinn a bhi 'n ar tosd, agus aideachadh gur h-e 'n Tighearn is Dia ann. Tha 'cheumannan sa' chuan, 's a shlighean sna h-uisgeachan mòra. Ach tha'n Tighearn a' rìoghachadh, biodh gairdeachas air an talamh. Tha neulaibh agus dorchadas mu'n cuairt da, gidheadh 's iad fireantachd agus breitheanas àite còmhnuidh a righ-chathrach. Deanadh banntrach agus teaghlaich an fhir nach maireann greim air na fianuisibh so mu chumhachd agus mu mhòrachd Iehòbha. Na biodh iad an-earbsach mu 'thròcair 's mu 'mhaitheas, eadhon an uair a tha bròn 'g an cromadh sìos thun an duslaich, agus a tha gach cusbair mu'n cuairt doibh a' cur an céill nach 'eil anns gach ni san t-saoghal so ach diomhanas agus buaireadh spioraid : eadhon 'an sin faiceadh iadsan le sùil a' chreidimh gràdh agus caomhalachd an Fhir-shaoradh anns an obair a chriochnaich e air Calbhari. Gu'n deònaich-eadh Dia a ghràs dhoibh a chum 's gu'n cuireadh iad am muinghinn ann féin, 's gu'n strìochdadadh iad gu h-umhal da thoil naomha-san, eadhon an uair a tha e 'g an smachdachadh ; agus gu'n deanadh e comasach

iad sealltuinn rompa le làn dòchas ris an oighreachd neo-thruaillidh, neo-shalach, agus nach searg as, siorruidh anns na nèamhan, a dh'ullaich Dia tre Iosa Criodh dhoibhsan uile 'bheir gràdh dha ; agus ann an sin, an uair a choinnicheas iad na sgaradh uatha 's a ghràdhaich iad air an talamh so, siabaidh e féin gach deur o'n sùilibh.

Ma dhùisgeas bàs ministear an t-soisgeil bròn agus trioblaid, tha e mar an ceudna 'dùsgadh ioma cuimhneachan taitneach air meud agus air lionmhoireachd nan sochairean a shealbhaich iad fo a mhiniestrealachd. Cha'n ann idir gu fearas-chuideachd, no gu curreachad ùine a tha'n Tighearn a' cur a mach a sheinbhiseach le briathran na réite, ach a chum anamannan a thèarnadh o'n bhàs, agus a chum an tàladh le 'ghràdh gu naomhachd beatha : agus mo thruaighe ! iadsan a dh'éisdeas am focal le neo-chùram. D'ur n-ionnsuidhse, mo chàirdean, bha teachdaireachd na réite air a cur. Cia minic a dh'éisd sibh le tlachd ri 'ur n-aodhair ion-mhuinn a' guidhe oirbh as uchd Chriodh a bhi réidh ri Dia ? Nach bu tric a chuir e'n céill duibh le tlus agus caomhalachd gu'n tainig Iosa Criodh do'n t-saoghal gu 'ur téarnadh ? Nach bu drùighteach 's nach bu dùrachdach a chuir e iompaidh oirbh cur an aghaidh anamianan na fèola, cuilbheairtean Shàtain, agus ceilg a's mealltaireachd 'ur cridheachan féin, a chum gu'n cuireadh e gun smal agus neo-lochdach 'an làthair 'Athar sibh ? Bu tric, le cridhe 'cur thairis le gràdh a's truacantachd, a chuir e'n céill duibh mu Chriodh agus mu shaibhreas a ghràis ? Mar so air dha bhi marbh tha e fathast a' labhairt. Da-rireadh, mo chàirdean, 's iad na cuimhneachain is fearr 's is buan-mhaireann-ainche is urrainn duibh a chumail air-san gu'n nochdadh sibh le caithe-beatha cubhaidh do'n ni tha sibh ag aideachadh gu'm bheil sibh 'n 'ur luchd-leanmuinn air-san amhuil a bha esan air Criodh."

